




CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD



# Coimisean na Croitearachd

Aithisg is Cunntasan Bliadhnaile  
2015-2016

Aithisg Bhliadhnaidh 2015-2016

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba fo Earrann 28 agus  
Sgeideal 1, paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar  
a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba)  
2007 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus  
Achd na Croitrearachd (Atharrachadh) (Alba) 2013.

Don Fhìor Urramach Nicola Sturgeon  
Priomh Mhiniestair A Mòrachd

A Phriomh Mhiniestair, a Bhanacharaid

Tha e na urram dhuinn an ceathramh Aithisg Bhliadhnaidh le  
Cunntasan aig Coimisean na Croitearachd a' buntainn ris a'  
bhliadhna 2015 gu 2016 a thoirt seachad.

Leis gach deagh dhùrachd



Cailean Ceannadach, Neach-gairm



Catriona Niclleathain, Ceannard

SG/2016/113



Coimisean na Croitearachd  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW  
Fòn: 01463 663439

# Clàr

Aithisg air Dèanadas	2
Sealladh Farsaing	2
Sùil air ais air a' bhliadhna	4
Cò sinne agus dè nì sinn	6
 Sgrùdadadh air Dèanadas	 8
Sealladh air ionmhas na bliadhna	8
Amasan na h-obrach againn	11
Na thug sinn gu buil cheana	12
Mar a tha sinn ga dhèanamh	16
Atharrachadh air an dòigh sam bi sinn ag obair	17
Na Com-pàirtichean againn	18
Croitean Beò	20
Cùil-chinn air an Riaghlaigh	22
Reachdas croitearachd a tha èifeachdach agus a bhuineas dhan latha	24
Riaghlaiche a tha Ceart agus Èifeachdach	27
An Obair a tha Romhainn	29
 Cunntasan Bliadhnaill	 31
Aithisg Cunntachalachd	31
Aithisg Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	48
Aithrisean Ionmhais 2015-16	50

# Aithisg air Dèanadas Sealladh Farsaing

Facal-toisich bho Neach-gairm agus bho  
Cheannard Coimisean na Croitearachd



Am-bliadhna chunnacas cuideam às ùr le Coimiseanairean agus sgioba gus croitearachd a riaghladh gu h-èifeachdach. Thathar air adhartas nach beag a dhèanamh mu na ceithir toraidhean, a tha gam mìneachadh anns a' phlana chorporra againn, a thaobh cleachdadh chroitean gu beò a bhrosnachadh, riaghladh nan cùl-cinn, reachdas an latha an-diugh agus riaghladh a tha èifeachdach is ceart.

Tha an coileanadh is an obair as motha againn ri linn na bliadhna a chaidh seachad agus mar a tha iad fuaithe agus a' cur ri Toraidhean Nàiseanta 'Dèanadas Alba' gan toirt seachad ann an duilleag 15.

Chùm sinn oirnn a' feuchainn ris an dòigh a bhios sinn ag obrachadh atharrachadh gus a dhèanamh

cinnteach gun toir sinn an t-seirbheis as fheàrr a ghabhas a thoirt do chroitearan. Thathar air àireamh de chlachan-mìle cudromach a thoirt gu buil, nam measg toirt a-steach siostam fiosrachaidh nan Croitean anns a' Ghearran 2016 a ghlèidh fiosrachadh eachdraidheil uile a' Choimisein agus a chruthaich is a leasaich an dòigh sam bi an sgioba a' làimhseachadh chûisean. Leanaidh an clàr-obrach seo air adhart ann an 2016-17, a' cur rudan air an aon rèir barrachd fhastast.

Chùm sinn oirnn ag obair le luchd-croitearachd gus còig tàbhachdan mu chroitearachd a chomharrachadh a bhios mar cheann-crìche do luchd-croitearachd, rud a dh'fhàg gu bheil an obair againn nas dlùithe air a chèile agus gum bi amasan




coitcheann againn, le dleastanasan soilleir gus an libhrigeadh.

Chaidh an dara Cunntas-sluagh Croitearachd a chur a-mach aig deireadh 2015. Chaidh an fhoirm a dhèanamh nas sìmplidhe fhathast gus am biodh e cho soirbh 's a ghabhas do chroitearan a lionadh a-steach. Tha croitearan air gabhail gu fàbharach ris a' Chunntas a-rithist le 73% ga chur air ais. Chunnaic sinn leudachadh air obair-riaghlaidh mar thoradh air Cunntas-sluagh 2014 agus 2015 le chèile. Tha croitearan a' faighinn barrachd tuigse air na dleastanasan aca agus air na roghainnean a tha ann dhaibh gus a dhèanamh cinnteach gum bi iad a' cumail ris na dleastanasan aca.

Ann an 2016-17 bithear ag ullachadh airson an dara cuairt de na taghaidhean gu Coimisean na Croitearachd, le Riaghaltas na h-Alba nan ceann. Bidh sinn an sàs ann an oideachadh nan coimhairsnachdan-croitearachd mu obair nan Coimiseanairean agus a' brosnachadh chroitearan gus seasamh no taghadh, gus an tèid siostam na croitearachd a neartachadh le suidheachadh fa leth

a' Choimisein mar an aon bhuidheann phoblach ann an Alba far a bheil a' chuid as mothach de bhuill a' Bhùird gan taghadh leis na daoine a bhios e a' riaghlaidh.

Thairis air a' bhliadhna a tha romhainn leanaидh sinn oirnn ag obair gu dlùth leis na com-pàirticean againn air na còig tàbhachdan mu chroitearachd agus cuideam an-còmhnaidh air na ceithir toraidhean gus croitearachd a dhòn san ùine romhainn air a' cheann thall.



Catriona NicIlleathain  
Ceannard

Cailean Ceannadach  
Neach-gairm



# Sùil air ais air a' bhliadhna

## Giblean 2015 gu Màrt 2016



### An Giblean 2015

Chaidh foirmichean-iarrais agus duilleachain-fhiosrachaидh a thoirt a-mach a chuideachadh ri croitearan gus riaghlaidh air croitearachd a thuigsinn.

### An t-Ògmhios 2015

Thòisicheadh air obair gus Clàr nan Croitean ùrachadh le barrachd is 9,000 de dh'atharrachaidhean mar thoradh air Cunntas-sluaign Croitearachd 2014. B' e seo an t-ùrachadh fa leth a bu mhotha o chionn còrr is trì fichead bliadhna.

### An Lùnastal 2015

Bha àite aig a' Choimisean aig Fèis Cridhe a' Breacain ann am Baile an Droma, Siorrachd Rois, agus ghabh e pàirt ann deasbad mu chroitearachd.



### An Cèitean 2015

Thadhail an Dr Aileen NicLeòid, Ministear airson na h-Àrainneachd, Atharrachadh-sìde agus Leasachadh-fearainn air a' Choimisean gus coinneachadh ri Coimiseanairean agus sgioba.

### An t-luchar 2015

Chuir an Coimiseanair I S MacDhòmhnaill an iomairt mu dhealbhachadh còir-sealbhachd aig a' Choimisean air bhog gus croitearan a bhrosnachadh airson na h-ùine air thoiseach.

### An t-Sultain 2015

Rinn Viv NicGumaraid, croitear à Bail' Ur an t-Slèibhe, agus Dòmhnaill MacFhionghain, croitear òg à Leòdas, frithealadh air coinneamh a' Bhùird mar phàirt de Chlàr Meantorachd a' Bhùird.

[Watch our short video to see how you can plan for the future of your croft.](#)

Succession planning for your croft



## An Dàmhair 2015

Chùm Coimisean na Croitearachd,  
cuide ri Clàran na h-Alba, Caidreachas

Croitearachd na h-Alba, Luchd-comhairle SAC agus Luchd-stiùiridh  
Pàigheadh is Sgrùdaidhean lonadail

Riaghaltas na h-Alba sreach de  
bhuiddhean-obrach air feadh nan  
siorrachdan ri croitearachd.



## An t-Samhain

2015

Chaidh sreach stèidhichte riaghailtean  
do chomataidhean nan  
cul-cinn a chur air  
làrach-lìn a' Choimisein.

## Am Faoilleach 2016

Toirt a-steach Siostam  
Fiosrachaидh ùr nan  
Croitean, a ghlèidh  
fiosrachadh eachdraidheil  
uile a' Choimisein,  
fiosrachadh nam measg air  
còrr is 20,000 croit, 62,000  
de chùisean agus cha mhòr  
leth-mhillean sgrìobhainn.

## An t-Samhain 2015

Chùm an Coimisean  
coinneamh a' Bhùird aca  
san Eilean Sgitheanach agus  
thadhail iad air croitean ann  
am Borgh, a' coinneachadh  
ri croitearan agus Fearann-coimhersnachd na  
h-Alba gus cluinniunn mun  
choimhersnachd a' gabhail  
seilbh air a' bhaile.

## An Dùblachd 2015

Chuir an Coimisean  
Cunntas-sluagh Croitearachd  
2015 a-mach.

## Am Màrt 2016

Làrach-lìn ùr air a  
cur air bhog.



# Cò sinne agus dè nì sinn

Is e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a tha ann an Coimisean na Croitearachd a chaidh a stèidheachadh anns a' Ghiblean 2012 fo chumhaichean Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 (an Achd). Tha an Coimisean ag obrachadh bho latha gu latha gu neo-eisimeileach air an riaghaltas, ach tha e na eagrachadh a tha an urra ri Ministearan na h-Alba air a' cheann thall.

Tha Bòrd Coimisean na Croitearachd air a dhèanamh suas le còignear Choimiseanairean Croitearachd air an taghadh bho cheàrnaidhean anns na sgìreachdan ri croitearachd, agus triùir Choimiseanairean air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Chaidh an Neach-gairm a thaghadh ann an dreuchd le baileat leis na Coimiseanairean. Tha an Coimisean air a chuideachadh le sgioba de 62 neach air a stiùireadh leis a' Cheannard.

Is e a' phrìomh obair a tha aig Coimisean na Croitearachd riaghladh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, cur leas na croitearachd air adhart agus cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd. Ann an obrachadh nan dreuchdan againn feumaidh sinn a bhith mothachail air cho cudromach agus a tha e gun tèid sluagh a ghleidheadh.

Tha an Achd a' cur mar dhleastanas air a' Choimisean sgrùdadadh a dhèanamh cuideachd air briseadh dhleastanasan le croitearan nan luchd-gabhlair agus sealbhadairean nan còmhnaidh. 'S urrainn dhuinn comhairle a thoirt do Riaghaltas na h-Alba air cùisean ceangailte ri croitearachd agus bidh sinn cuideachd a' co-obrachadh le buidhnean eile airson leasachadh eaconamach agus sòisealta nan siorrachdan ri croitearachd.

## An t-adhbhar againn

Siostam na croitearachd a riaghladh mar as còir agus gu reusanta gus a dòn airson nan ginealach ri tighinn.

## An sealladh againn

A bhith mar riaghlaiche treòrach a bhios a' cleachdadadh nan cumhachdan aige gus taic a chur ri siostam na croitearachd.

## Na luachan againn

**Tha luachan corporra a' Choimisein a' nochdadadh na tha cudromach dhuinn mar bhuidheann agus tha iad aig cridhe mar a bhios sinn a' feuchainn ri obrachadh bho latha gu latha.**



Dealas mun  
obair againn



Aire do na  
coimhearsnachdan  
agus don  
àrainneachd  
againn



Ag obair gu  
deimhinneach  
mar sgioba



Rùn ri càileachd  
agus rudan a  
dhèanamh  
nas fheàrr



Ionnsaich  
Oidich Tionnsgain



# Sgrùdadh air Dèanadas

## Sealladh air ionmhas na bliadhna

Tha Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais (FReM 2015-16) a chuir Roinn Ionmhais A Mòrachd a-mach a' mìneachadh riochd nan cunntasan bliadhnailean. Tha Tabhartas gus Cuideachadh air a chur ris an Tasgadh Choitcheann ann an Aithris nan Atharrachaidhean ann an Cothrom Luchd-pàighidh Cìse seach anns an Aithris air Caiteachas Glan Coileanta. Tha a h-uile teachd agus caitheamh eile gan cur ris an Aithris air Caiteachas Glan Coileanta.

### Toradh ionmhasail

A' cunntasachd a rèir teachd-a-steach agus caiteachais tha toradh ionmhasail na bliadhna air gnìomhachas àbhaisteach a' nochdadh còrr de (£152,000) (easbhaidh £134,000 2014-15). Tha an (còrr)/easbhaidh seo ag èirigh mar thoradh air atharrachaidhean ann an cunntasachd, mar ìsleachadh agus għluasadan calpa obrachaidh, air na h-aithrisean

ionmhasail far nach eil sruthadh ann an airgead ullamh. A' cunntasachd a rèir an airgid ullaimh, rinn Coimisean na Croitearachd fo-chaitheamh airson 2015-16 sna fhuair e mar Thabhartas gus Cuideachadh de £15,000 (£1,000 2014-15).

Thug Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 caochladh dhleastanasan agus dhreuchdan

Giorrachadh air (Còrr)/easbhaidh airson na bliadhna	2015-16 £000	2014-15 £000
Caiteachas Obrachaidh lomlan	2,759	2,864
Tabhartas gus Cuideachadh	(2,540)	(2,547)
Teachd-a-steach Eile	(371)	(183)
(Còrr)/Easbhaidh	(152)	134

Cothromachadh eadar caiteachas obrachaidh a rèir airgid ullaimh le Tabhartas gus Cuideachd air a tharraing a-nuas	2015-16 £000	2014-15 £000
(Còrr)/Easbhaidh	(152)	134
Gan airgead nach eil na airgead ullamh:		
Ìsleachadh agus Lùghdachadh	(75)	(102)
Atharrachaidhean air calpa-obrach a' toirt a-steach:		
Fèichearan	(5)	(26)
Creideasairean	92	(98)
Gluasad maoin-banca ri phàigheadh gu Clàran na h-Alba	4	22
Tasgadh	121	69
Fo-chaitheamh air Tabhartas gus Cuideachadh air a tharraing a-nuas	15	1



ùra. Tha teachd-a-steach eile mar mhaoineachadh ann an èiginn a fhuir an Ceannard gus raointean comharrachte de chaiteachas a mhaoineachadh, leithid libhrigeadh Cunntas-sluagh na Croitearachd agus làimhseachadh clàradh chroitean às leth Clàran na h-Alba.

Gun tarraing air ullachaidhean, bha caiteachas obrachaidh eile airson 2015-16 aig ire £649,000 an coimeas ri £760,000 ann an 2014-15. Tha an lùghdachadh seo de £111,000 ann air sàilleabh, air a' chuid as mothà, fastadh neach-lagha aig an taigh às an tàinig lùghdachadh air cisean laghail air an taobh a-muigh, coinneamhan Luchd-measaidh ionadail seach co-labhairt choitcheann do Luchd-measaidh agus smachd teann a thaobh buidseit air cosgaisean ceangailte ri teicneòlas-fiosrachaiddh.

Bha ìleachadh agus lùghdachadh £27,000 na b' ìse ann an 2015-16 na 2014-15 air sàilleabh lùghdachaidh air luachan maoin a' Choimisein.

### Dèanadas a' Bhuidseit 2015-16

Riaraich Riaghaltas na h-Alba buidseat (air a bheilear a' gabhail Crioch Caiteachais) do Choimisean na Croitearachd de £2.589m mar chaiteachas airgid ullaimh, de £2.547m (£2.515m air sgioba agus cosgaisean obrachaidh agus £0.032m mar chalpa) agus £0.042m air cosgaisean nach eil na airgead ullamh mar ìleachadh agus lùghdachadh.

Chùm an Coimisean ris an targaid aige mu airgead ullamh airson 2015-16 le bhith a' tarraing a-nuas £2.540m a-mach às an £2.547m a chaidh a riachadh.

B' e an caiteachas calpa ann am firinn a dh'èirich ann an 2015-16 £121,000 agus ged a chaidh e seachad air an riachadh le £89,000, chaidh a cheadachadh ro làimh le Pannal Ceadachadh Ionmhais a' Choimisein agus Riaghaltas na h-Alba. Thatar an dùil sna bliadhnaichean air thoiseach nach toir Riaghaltas na h-Alba buidseat riachadh calpa seachad, le caiteachas calpa ga mhaoineachadh bho chaiteachas air goireasan agus aithisg ga toirt ga rèir sin.

Is e a' chìs air ìleachadh agus lùghdachadh ann an cunntasan 2015-16 £75,000 a tha a' dol seachad air an riachadh de £42,000 le £33,000. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aideachadh nach eil an riachadh seo gu leòr agus thatar an dùil gun tèid sùil às ùr a thoirt air airson nam bliadhnaichean ri teachd.

### Aithris mu ghnothach a' dol air adhart

Tha am Bòrd agus an t-Oifigear Cunntachail air beachd a ghabhail air air a' bhuidseat agus air an riachadh de thabhartas gus cuideachadh na lùib airson 2016-17 agus tha iad den bheachd gu bheil goireasan gu leòr aig Coimisean na Croitearachd gus leantail air ag obrachadh an-dràsta. Tha na cunntasan gan ullachadh uime sin mar ghnothach a' dol air adhart.

### Cùisean sòisealta, coimhairsnachd agus còraichean daonna

Air an aon ràmh ri Riaghaltas na h-Alba, tha Coimisean na Croitearachd air còraichean sòisealta agus eaonamach a chur aig cridhe a' phlana chorporra againn. Thatar air dleastanas sònraichte a chur oirnn fo Achd 2010 gu:

- Taic a chur ri gleidheadh an t-sluagh
- A bhith mothachail air seasmhachd croitearachd
- Co-nbrachadh le buidhnean com-pàirteachais airson leas sòisealta agus eaonamach nan coimhairsnachdan-croitearachd.

**“ Air an aon ràmh ri Riaghaltas na h-Alba, tha Coimisean na Croitearachd air còraichean sòisealta agus eaonamach a chur aig cridhe a' phlana chorporra againn. ”**



# Amasan na h-obrach againn

Tha sinn ag obair gus ceithir toraidhean bunaiteach a thoirt a-mach a fhreagras air na dùblain air an fheum sinn aghaidh a chur, a bharrachd air a bhith sùbailte gu leòr gus freagairt a thoirt air atharrachaidhean is cothroman ùra.

Daingnichidh lìbhrigeadh nan toraidhean a' chroitearachd, nan daoine is nan coimhersnachdan a' cur ri the, san àm ri teachd, às an tig atharrachadh deimhinneach air an dòigh sam bi sinn a' riaghlaigh croitearachd agus a rèir sin a' daingneachadh luach agus buannachd phoblach an t-siostaim seo de sheilbh-fearainn a bhuineas gu dìreach do dh'Alba.

Is e adhbhar Riaghaltas na h-Alba seirbheisean Riaghaltais agus poblach a stiùireadh gus dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman do dh'Alba gu lèir soirbheachadh, le bhith a' cur ri fàs seasmhach eaonamach. Tha Riaghaltas na h-Alba air sia deug de Thoraidhean Nàiseanta a chruthachadh, agus iad a' comharrachadh na tha e ag iarraidh toirt gu buil thairis air na deich bliadhna romhainn. Le bhith a' toirt nan toraidhean seo gu buil còmhla, nì sinn Alba na h-àite nas fheàrr ri fuireach anns agus na dùthaich nas beartaiche agus nas soirbheachaile.

Tha na toraidhean corporra againn a' cur ann an seagh dìreach ris na 5 Toraidhean Nàiseanta:

-  Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan a tha air an deagh dhealbhachadh is seasmhach far an téid againn air cothrom fhaighinn air na goireasan is na seirbheisean air a bheil feum againn
-  Tha coimhersnachdan againn a tha làidir, daingeann is taiceil far an gabh daoine uallach airson nan gniomhan aca agus mar a bhios iad a' toirt buaidh air daoine eile
-  Tha sinn a' cur luach air agus a' gabhail tlachd às an àrainneachd againn, air a togail no nàdarra, agus ga dion airson nan ginealach ri teachd
-  Tha sinn a' lùghdachadh na buaidh a bheir ar cuid caitheimh is dèanadais air an àrainneachd gu h-ionadail is gu cruinneil
-  Tha na seirbheisean poblach againn den chiad ìre, èifeachdach agus a' freagairt air feumalachdan muinntir an àite

## Na Toraidhean Corporra Againn



### Toradh 1

Tha na croitean uile air an rianachd, air an àrach gu math no air an cur gu feum buannachdail iomchaidh eile



### Toradh 2

Tha gach cùl-cinn ga riaghlaigh agus is e cleachdaidhean air an roinn a thaobh rianachd an àbhaist



### Toradh 3

Tha reachdas èifeachdach againn a thaobh croitearachd a bhuineas dhan latha an-diugh, a tha iomchaidh agus a rèir feumalachdan luchd-croitearachd agus nan amasan nàiseanta san ùine fhada



### Toradh 4

Tha croitearachd ga riaghlaigh ann an dòigh a tha ceart agus èifeachdach

# Na thug sinn gu buil cheana

Sa Phlana-ghnìomhachas againn airson 2015-2016, chomharraich sinn caochladh chlach-mìle bunaiteach a bha sinn ag iarraidh toirt gu buil a chuidicheadh rinn obrachadh gus na Toraidhean Corporra againn a lìbhrigeadh agus tha sinn sinn air adhartas nach beag a dhèanamh leotha seo.

<b>Toradh a h-Aon</b> Tha a h-uile croit fo sheilbh, air a rianachd agus a h-àrach gu math no air a cur gu feum buannachdail iomchaidh eile	<b>Cunntas-sluaign Croitearachd</b>  Chaidh an dara Cunntas-sluaign Croitearachd a chur a-mach anns an Dùblachd 2015 le ceann-latha gus a chur air ais air 30 Màrt 2016. Chleachd sinn na dh'ionnsaich sinn bho chur a-mach Cunntas a h-aon ann an 2014 a chuidich rinn gus an dara fear ullachadh agus rinn sinn grunn atharrachaidhean mar thoradh air sin.
<b>Toradh a Dhà</b> Tha gach cùl-cinn ga riaghlaigh agus is e cleachdaidhean air an roinn a thaobh rianachd an àbhaist	<b>Dleastanasan Croitearachd</b>  Thug sinn comhairle do chroitearan a fhuair a-mach nach robh iad a' coileanadh nan dleastanasan aca an dèidh cur a-mach Cunntas-sluaign Croitearachd 2014 agus chunnaic sinn meudachadh air iarrtasan airson Fo-ghabhail, Sònrachadh agus Cead a bhith à Lèthair bho chroitearan a' feuchainn ris a' chùis a rèiteach air an ceann fhèin.
<b>Toradh a Trì</b> Tha reachdas èifeachdach againn a thaobh croitearachd a bhuineas dhan latha an-diugh, a tha iomchaidh agus a rèir feumalachdan luchd-croitearachd agus nan amasan nàiseanta san ùine fhada	<b>Riaghailtean nan Cùl-cinn</b>  Dh'ùraich sinn teamplaid Riaghailtean nan Cùl-cinn agus chuir sinn iad air an làrach-lìn san t-Samhain 2015 gus a bhith gan cleachdad le comataidh sam bith a bhios a' feuchainn an dara cuid ris na riaghailtean aca ùrachadh no feadhainn ùra a thoirt a-steach.
	<b>Fòram Luchd-croitearachd</b>  Dh'obraich sinn le luchd-pàirteachaidh croitearachd eile tro Fhòram Luchd-croitearachd gus còig raointean tàbhachdach mu ghniomh a chuireadh air adhart gu Ministearan na h-Alba an dèidh sin gus beachd a ghabhail orra. Tha obair a' dol air adhart orra seo fhathast agus plana-gniomha ga chur ri chèile do gach raon.

**Toradh a Ceithir**

Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart agus èifeachdach

**Foirmichean-iarrtais**

Tharraing sinn foirmichean-iarrtais suas gus barrachd fiosrachaидh a ghlacadh aig toiseach a' phròiseis agus ùine a' phròiseis a lùghdachadh a rèir sin.

**Siostam Gníomhachais Ùr**

Nochd an siostam gníomhachais ùr, CIS, anns a' Ghearran 2016. Buinidh an siostam ris an taobh a-staigh a-mhàin agus gus làimhseachadh iarrasan riaghlagh air a' chuid as mothà. Bheir an siostam sgrùedadhbh nas fheàrr air modhan-obrach, tional fiosrachaидh nas fheàrr, aithisgean agus dreuchdan, agus bu chòir gum faic sinn a' bhuaidh làn a bheir e sa bhliadhna-ionmhais a tha romhainn.

**Dèanamh Cho-dhùnайдhean Tiomnaichte**

Thòisich sinn eacarsaich phileat ann an Dèanamh Cho-dhùnайдhean Tiomnaichte san t-Samhain 2015 airson caochlagh dhreuchdan a bheir a' chumhachd do sgioba ri Riaghlagh ann an dèanamh cho-dhùnайдhean, agus a bheir croitearan a-steach ann an seagh nas diriche ann an dèanamh cho-dhùnайдhean.

**Brùchdadhbh Carbain**

Chruinnich sinn fiosrachadh bunaiteach agus mhìnic sinn a' chiad ìre de phlana-gníomhachais a' sealntainn air lùghdachadh air brùchdadhbh a' charbain againn.

**Ùrachadh air Clàr nan Croitean**

Rè na bliadhna seo, thàinig an t-ùrachadh a bu mhotha air Clàr nan Croitean o chionn trì fichead bliadhna le ìre nach bu bheag de dh'obair air a gabhail. B' iad seo Cunntas-sluagh Croitearachd (bha 9.000 clàr chroitean gan dearbhadh is gan ùrachadh), briseadh sìos nan roinnean-feuraich nuair a bha croit air a bhith air a ceannach agus an roinn ann an gabhail fhathast (3000 clàr) agus sùil às ùr air suidheachaidhean Chroitearan Mar Shealbhadair na Chòmhnaidh gus a dhearbhadh gum biodh gèilleadh làn don reachdas (5500 clàr).

Thug sinn aithisg cuideachd do Riaghaltas na h-Alba mu chaochladh cheuman adhartach airson na bliadhna:

Na Tàbhachdan Againn	Ceum Toraidh	Inbhe
<b>RIAGHLADH</b> – Tha sinn a' <b>lìbhrigeadh nan</b> <b>dleastanasan</b> <b>riaghlaidh againn gu</b> <b>luath, gu ceart agus</b> <b>gu cruinn</b>	Lùghdachadh air an ùine gus co-dhùnadh a dhèanamh air iarrtasan riaghlaidh airson chroitean air an clàradh:  Dì-chroiteadh (Taigh-croite agus Fearann-gàrraiddh agus Gabhail) – 50% Roinneadh – 25% Gach fear eile – 20%  Lùghdachadh 20% air an ùine airson iarrtasan gus croitean a chlàradh	
	Lùghdachadh 14% ann an àireamh nan gearanan aonaichte a fhuair an Coimisean	
	Meudachadh 5% ann an àireamh nan comataidhean-feuraich ann an dreuchd	
	Lùghdachadh 5% air àireamh nam feurach gun riaghlaidh a dh'aithnichear	
<b>DLEASTANASAN</b> – Tha sinn a' <b>dearbhadh gun cùm</b> <b>croitearan ris na</b> <b>dleastanasan aca</b> <b>a bhith a' fuireach</b> <b>air, no faisg air, na</b> <b>croitean aca agus a</b> <b>bhith gan obrachadh</b>	15% de shuidheachaidhean aithnichte a chaidh an tòiseachadh no an rèiteach le gnìomh leis a' chroitear don fheadhainn a dh'innis dhuinne dhan deòin fhèin nach robh iad a' cumail ris na dleastanasan aca  15% de shuidheachaidhean aithnichte a chaidh an tòiseachadh no an rèiteach tro ghnìomh leis a' chroitear don fheadhainn nach do chuir foirm cunntas-sluagh air a lònadh air ais	
<b>RIAGHLADH,</b> <b>FIANAIS,</b> <b>DLEASTANASAN</b>	Lùghdachadh 15% air cosgaisean airson faidhlichean a chumail an tasgadh	
	Lùghdachadh gu neon air àireamh nan freagairtean fadalach fo Shaorsa an Fhiosrachaidh	
	Lùghdachadh 15% air ìrean de sgioba à làthair iar sàilleibh tinneis	
	Lùghdachadh 4% air tionndadh-thairis sgioba	

#### Seòladh:



Air a Thoirt gu Buil



Air a Leasachadh



Air a Ghleidheadh



Gun a bhith air a Thoirt gu Buil

#### Ceistean agus gàbhaidhean bunaiteach

Tha an Coimisean air ullachaidhean a thaobh rianachd air gàbhaidhean a neadachadh nar cuid riaghlaidh tro shealltainn gu cunbalach air Clàr nan Gàbhaidhean le Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais a thathar ag aithisg dhan Bhòrd an uair sin (faic td 41 anns an Aithris mu Riaghlaidh). Tha caochladh dhùbhlachan is ghàbhaidhean air an do chùm an Coimisean sùil agus rian gu faiceallach thairis air a' bhliadhna mu dheireadh agus leanaich e air ga dhèanamh ann an 2016/17.

- Bacaidhean air goireasan gus na dleastanasan a dh'iarrar fo Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 a dhèanamh.
- Gleidheadh ìrean sgioba gus na feumalachdan a thaobh goireasan nar cuid dhleastanasan a thoirt a-mach gu h-èifeachdach.
- Buaidh a thaobh cliù na buidhne mar thoradh air agartachd mu cho-dhùnайдhean riaghlaidh.



# Mar a tha sinn ga dhèanamh

Tha rùn againn ri leasachadh leanmhainneach le bhith a' tasgadh ann an daoine agus siostaman a lìbhrigeas modhan-riaghlaidh a' Choimisein. Nì seo cinnteach gum bi sinn fada nas ullaichte gus aghaidh a chur air na dùblain a thig oirnn mar eagrachadh agus seirbheisean air an leasachadh a lìbhrigeadh do mhuinntir na croitearachd air am bi sinn a' frithealadh.

## Fios a Chumail ri Riaghaltas na h-Alba

Tha uallach air Coimisean na Croitearachd sùil a chumail air a h-uile cùis a tha ceangailte ri croitean agus cor na croitearachd. Bidh sinn a' freagairt co-chomhairleachaidh a bhuineas ri cùisean croitearachd agus cleachdad an fhearainn; nam measg seo tha cùisean ceangailte ri dealbhachadh, ris an àrainneachd agus ri taigheadas.

Feumaidh Coimisean na Croitearachd fios a thoir do chroitearan cunntas bliadhnaile a thoirt mu chor na croite aca tro Chunntas-sluagh na Croitearachd. Tha seo na dhleastanas reachdail a chaidh a thoirt gu buil mar phàirt de dh'Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010. Iarrar air croitearan fiosrachadh a thoirt seachad a thaobh a bhith a' cumail ris na dleastanasan a tha orra. Am-bliadhna chaidh an dara Cunntas-sluagh Croitearachd a chur a-mach agus tha am fiosrachadh a chaidh a thional a' cuideachadh gus dealbh soilleir a chruthachadh mu chor na croitearachd an-dràsta agus fianais a thogail mu luach na croitearachd.

## Cùisean Uaine

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum bi buaidh fharsaing air atharrachadh na sìde air eaonomaidh, sluagh agus àrainneachd na h-Alba. Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd a dhol an sàs agus cuideachadh an aghaidh atharrachadh na sìde agus a bhith nas uaine mar eagrachadh.

Ri linn na bliadhna, thathar air Plana Uaine Coimisean na Croitearachd a thoirt gu buil, a' sealltainn air mar a dh'fhaodas sinn bhith nar buidheann a tha i seal a thaobh a' charbain le bhith a' lùghdachadh iù a' phàipeir a cleachdas sinn, a' gearradh air ais air siubhal agus a' cleachdad



teicneòlais ann an seagh nas fheàrr. Air a' bhliadhna a tha romhainn tha sinn an dòchas gum faic sinn a' bhuannachd a thug toirt a-steach Siostam Fiosrachaidh na Croitearachd, rud a thug cothroman air lùghdachadh pàipeir agus modhan-obrachaidh a chur air an aon rèir.

## Coimhearsnachd agus Carthannas

Tha Coimisean nan Croitearachd ag aithneachadh nam buannachdan a bheir obair sna coimhearsnachdan agus mar charthannas leis an sgioba don choimhearsnachd anns an fharsaingeachd. Tha sinn a' moladh an sgioba againn airson nan oidhirpean fa leth aca agus tha sinn a' cur taice ris an fheadhainn a tha ag iarraidh obair sna coimhearsnachdan no mar charthannas a ghabhail os làimh. Chaidh carthannas a thaghadh am-bliadhna leis an sgioba a bhith aig cridhe raon nithean gus airgead a thogail. Cuideachd, thèid aig an sgioba air dol an sàs ann an sgeama 'thoir mar a gheibhear' agus cuibhreann den tuarastal aca do na carthannais as fheàrr leotha.

# Atharrachadh air an dòigh sam bi sinn ag obair

## Dèanamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte

Gu h-eachdraidheil, chaidh a h-uile co-dhùnadhl air iarrtasan riaghach a ghabhail le Coimiseanairean, an dara cuid le aon Choimiseanair, no le Buidheann air an robh triùir Choimiseanairean no am Bòrd gu lèir. Tha an Coimisean air an dòigh sam bi sinn a' rianachadh cho-dhùnaidhean ann an suidheachaidhean nach eil toinntte atharrachadh agus anns an t-Samhain an-uirdh għluu sinn gu modal de cho-dhùnaidhean tiomnaichte, gus feabhas a thoirt air an t-seirbheis do chroitearan.

Thattar air còrr is 200 co-dhùnadhl a ghabhail mar cho-dhùnaidhean tiomnaichte, le 80% dhiubh sin air an gabhail le oifigearan aig a' chiad ire de dhèanamh cho-dhùnaidhean airson nan cùisean riaghach a leanas:

- Sònراخadh
- Roinneadh le tabhairteach an dèidh dileab fhaighinn
- Cead a bhith à Làthair
- Dì-chroiteadh làrach-taighe agus fearann-gàrraidh
- Fo-ghabhail
- Gabhail san ùine ghoirid le croitearan nan sealbhadairean nan còmhnaidh.

Tha sinn a' feuchainn an-dràsta ri dòigh ùr gus co-dhùnaidhean a ghabhail air iarrtasan nas toinnté fo thiomadh a chruthachadh.

## Foirmichean-iarrtais ùra

Ri linn na bliadhna, thug sinn a-mach foirmichean-iarrtais ùra agus treòrachadh do chroitearan.

Tha ceistean nas mionaidiche air na foirmichean-iarrtais, a bhuineas gu dìreach ri reachdas mu chroitearachd agus ri Plana Poileasaidh a' Choimisein. Cuidichidh am fiosrachadh a dh'fheumar cur sna foirmichean ris a' Choimisean nuair a thattar a' gabhail beachd air iarrtasan agus an ùine gus an làimhseachadh a lùghdachadh le bhith a' cur crìche air na h-iarrtasan airson barrachd fiosrachaiddh.

## Siostam Fiosrachaiddh nan Croitean

Mar phàirt den ath-bhreithneachadh agus den għnàthachadh fharsaing air modhan na buidhne, aonan de na leasachaidhean a bu mhøtha a bha

ann, b' e toirt a-steach Siostam Fiosrachaiddh na Croitearachd anns a' Gharran.

Tha an siostam air fiosrachadh eachdraidheil uile a' Choimisein a ghleidheadh air Clàr nan Croitean, a' gabhail a-steach fios air còrr is 20,000 croit, 60,000 cùis agus an ire mhath leth-mhillean sgriobhainn. Chruthaich an siostam ùr dòigh nas fheàrr cuideachd gus cùisean a làimhseachadh airson an sgioba. Bidh an Coimisean a' sealtainn an-dràsta air dreach air an Lòn de Chlàr nan Croitean a chruthachadh, rud a leigeas leis a' phoball cothrom dìreach fhaighinn air an fiosrachadh a tha ga ghleidheadh, agus tha e nar namas, iarrtasan air an Lòn airson mhodhan riaghach a thoirt a-steach cho luath agus is urrainn dhuinn.

## Measadairean

Tha lònra saor-thoileach de 89 Measadairean air feadh nan siorrachdan-croitearachd. Tha eòlas aig na Measadairean, a tha a' fuireach anns na sgìrean ri croitearachd, air croitearachd agus bidh iad ag obair mar cheangal ri croitearan, agus daoine a tha am beachd dol ri croitearachd, a tha ag iarraidh comhairle agus treòrachaidh air cùisean ceangailte ri croitearachd. Bidh na measadairean cuideachd a' cuideachadh ris a' Choimisean air cùisean ceangailte ri croitearachd.

Ag èirigh à deasbaireachd aig Co-labhairt nam Measadairean ann an 2014, sheall an Coimisean air an dòigh as fheàrr gus taobh ùr a thoirt do dh'obair nam Measadairean gus an goireas luachmhor seo a chleachdad gu h-èifeachdach.

Cuidichidh na measadairean a-nis le measadh slàinte nan sgìrean-croitearachd, a' toirt comhairle air cùisean croitearachd anns an fharsaingeachd no duilgheadasan sònraichte. Thattar a' brosnachadh chroitearan ùra ceangal a dhèanamh ris a' Mheasadair ionadail aca gus cuideachadh is comhairle fhaighinn.

Ann a bhith a' cuideachadh a' Choimiseanair agus chroitearan ann an sgìrean ionadail, tha obair fa leth aig Measadairean, a tha deatamach don Choimisean agus a chithear barrachd is barrachd mar goireas fa leth le luchd-pàirteachaidh.

# Na Com-pàrtichean againn

Tha rùn aig a' Choimisean a bhith ag obair leis an luchd-phàirteachaidh ann an croitearachd gus croitearachd a dhaingneachadh anns an ùine air thoiseach.

## Sealladh airson Croitearachd

Chaidh Fòram Luchd-pàirteachaidh Croitearachd a ghairm le Riaghaltas na h-Alba a dh'obrachadh ann an co-bhonn ri eagrachaidhean agus daoine bunaiteach nan luchd-pàirteachaidh ann an croitearachd gus beachd a ghabhail air ceistean ceangailte ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba mu chroitearachd agus gniomh a ghabhail mar as iomchaidh, air aontachadh, gus ceistean sam bith fhuasgladh.

Sgrìobh am Fòram, le Coimisean na Croitearachd anns a' chathair, gu Ministear na Croitearachd aig deireadh 2015 gus cuideam a chur air còig raointean de ghnìomhachadh a bha a dhìth gus cuideachadh gus cor na croitearachd a dhaingneachadh anns an ùine air thoiseach.

Is iad na 5 tàbhachdan a chaidh a chomharrachadh:

1. Dèan Reachdas mu Chroitearachd nas sìmplidhe
2. Croitearn Ùra
3. Cuir ri Taigheadas Saor
4. Leasachadh Croitearachd
5. Brosnachadh Ionmhasail

Chuir a' Cho-labhairt mu Chor na Croitearachd a chaidh a chumail ann an Inbhir Nis anns an Dùblachd 2015, agus a chuir Coimisean na Croitearachd air dòigh, barrachd cuideim air an fheum gun tèid na raointean seo a thoirt air adhart agus fhuair e raon farsaing de thaic bho luchd-pàirteachaidh ann an croitearachd.

## Bòrd Lìbhrigeadh Chùisean Dùthchail, Bidhe agus Àrainneachd

Thatar air am Bòrd a stèidheachadh gus am bi réiteach obrachaidd is cultarail thairis air buidhnean-gniomha chùisean dùthchail, bidhe agus àrainneachd ann an Riaghaltas na h-Alba ag obair gus na rudan a leanas a thoirt gu buil:

- Eaconamaidh sheasmhach làidir
- Alba a tha luath agus ceart

- Dion is leasachadh nan seirbheisean poblach againn.

Tha an Coimisean na bhall den Bhòrd agus tha sinn a' cuideachadh ri toraidhean nàiseanta, leithid fearann-coille chroitean (glacadh a' charbain) agus fuasglaidhean air taigheadas (gleidheadh an t-sluaign), a tha nan raointean bunaiteach de ghnìomhachd airson a' Bhùird ann an leasachadh dùthchail.

## Clàr na Croitearachd

Tha Clàr na Croitearachd ga chumail suas le Neach-gleidhidh Clàran na h-Alba. Tha iarrtas gus croit a chlàradh ga dhèanamh anns a' chiad dol-a-mach gu Coimisean na Croitearachd agus nì sinn coimeas eadar am fiosrachadh san iarrtas airson clàradh agus am fiosrachadh ann an Clàr Chroitean a' Choimisein.

Tha Clàr na Croitearachd stèidhichte air mapaicheadh agus e na chlàr deimhinne den ère de dh'fhearann an taobh a-staigh seilbhean croitearachd ann an Alba, agus an com-pàirt san fhearrann sin. A bharrachd air nochdadh crìochan fearainn, tha fiosrachadh anns a' chlàr cuideachd mu chroitear agus/no mu uachdarann na croite clàraichte. Bidh an Coimisean ag obair gu dlùth le Clàran na h-Alba gus Clàr na Croitearachd a nochdadh ri croitearan agus comataidhean-feuraich agus cuideachd dèanamh cinnteach gun tèid iarrtasan a thoirt air adhart gun strì.

Thairis air a' bhliadhna seo, tha sinn air iarrtasan a làimhseachadh gus 1,513 croitean agus 149 cùil-chinn a chlàradh.

Aig deireadh 2015-16, bhathar air 2,522 de chroitean a chur ri Clàr na Croitearachd. A-mach às na 2,522 croit, chaidh 457 croitean a chlàradh mar phàirt de 36 iarrtasan le coimhersnachdan, 18% de dh'àireamh ionlan nan croitean.

# Sgrùdadh: Muile

Ann an 2013 ghabh Liz Gibson seilbh air croit deich acraichean, Mo Dhachaigh, ann am Muile. Bha Ealasaid agus an duine aice, Màrtainn, am beachd measan boga, glasraichean agus lusan àrach, cho organach agus a b' urrainn le dòchas gun cuireadh iad ris an eaconomaidh bhidhe ionadail.

Chuir iad fàilte air a' chuideachadh bho Wwoofers (*World Wide Opportunities on Organic Farms*) thairis air bliadhna no dhà agus chaidh raineach a rèiteach le bhith a' spònadh, a' gearradh agus a' cladhach.

An dèidh dhaibh alt a leughadh mu shoirbheachadh an *Wee Tea Plantation* ann an Siorrachd Pheairt, rinn iad conaltradh ris a' chompanaidh agus anns an Dàmhair 2014, chaidh an raon far am biodh an raineach a chur leis a' chiad leth-cheud *Camellia Sinensis* aca.

Thuirt Ealasaid, "Gu mi-fhortanach, cha robh na bacaidhean-gaoithe stàiliinn làdir gu leòr airson na gaoithe ann am Muile agus cha do mhair na lusan agus mar sin rinn mi conaltradh ri Tam O' Braan aig Wee Tea a thàinig agus a thug sùil air na lusan a bha ann an toiseach feuch am b' urrainn dha an toirt air



ais. Aig an aon àm mhol e làrach eile agus cur nas dlùithe gus am biodh dòn na b' fheàrr aig na lusan.

Chuir sinn romhainn feansaichean-clèithe fheuchainn agus ann an 2015 cha do bhuain sinn ach dòrlach bheag dhuilleagan gus an togadh na lusan freumh gu daingean. Tha coltas fallain air na lusan a-nis agus tha fiughair againn ri bhith gan spònadh an toiseach math dh'fhaodte aig deireadh a' Mhàirt 2016.

Fhuair na lusan a bha ann an toiseach beatha às ùr mar sin, ach chan ann le bhith a' fàs. Thòisich feedhainn aca a' tighinn air ais ach dh'fheuch Tam ri rud a thàinig a-mach mar thi blasta de na gasain. Beachd ùr dhuinne ach chuir e Tì "Scottish Antlers" Mhuiile sna naidheachdan. Bha e air aonan de na ceithir seòrsaichean ti a thug am Prìomh Mhiniestear Nicola Sturgeon don Cheann-suidhe Barack Obama.

Fhuaireadh barrachd ùidh seach, mar a tha mòran chroitearan eile, tha barrachd agus aon obair agam. Tha mi na mo mhiniestear aig Eaglais na h-Alba agus mar sin cha ghabhadh "More tea Vicar" seachnadh mar naidheachd.

Tha ionnsachadh mu dhèanamh ti shònraichte na rud leanmhainneach agus tha fiughair againn a bhith a' cur ris fad iomadh bliadhna fhathast."

**"Fhuaireadh barrachd ùidh seach, mar a tha mòran chroitearan eile, tha barrachd agus aon obair agam. Tha mi na mo mhiniestear aig Eaglais na h-Alba agus mar sin cha ghabhadh "More tea Vicar" seachnadh mar naidheachd."**

# Croitean Beò


Tha sinn a' brosnachadh gun tèid croitean agus cùil-chinn a chleachdadadh gu beò. Tha sinn ag obair leis na com-pàirtichean againn gus cur ri tuigse air luach fearann-croite mar mhaoin a chuireas ri leasachadh seasmhach nan coimhearsnachdan-croitearachd agus ion-obrachas ionmhasail theaghlaichean-croite.

Clàr nan Croitean

Tha Clàr nan Croitean an urra ri Coimisean na Croitearachd, a gheildheas fiosrachadh air ainm, àite, màl agus iùre gach croite, an neach-gabhailean t-uachdaran agus càraichean sam bith a thathar a' cumail anns a' chùl-chinn.

Tha 20,570 croitean air Clàr a' Choimisein, le 15,056 aca le luchd-gabail agus an còrr ann an seilbh. Tha àireamh nan croitean air a' Chlàr air a dhol suas 5.9% bho 2014-15. Tha an t-àrdachadh seo ann mar thoradh air breith bho Chùirt an Fhearainn ann an 2012 nuair a cheannaicheas croitear am fearann-croite aige agus a dh'fhuiricheas na roinnean sa chùl-chinn an lùib na croite sin fhathast air an cumail ann an gabail, tha na roinnean gam meas a bhith nan croit fo ghabail annta fhèin. Tha Coimisean nan Croitearachd air crìoch a chur air an dealachadh eadar croitean agus croitean air am meas (roinnean ann am feurach agus, nuair as iomchaidh, roinnidhean) anns a' Chlàr. Tha 1.952 de chroitean air am meas ann a-nis mar chroit fa leth.

## Àireamhan-sluaigh (Air an toirt bho Chlàrn nan Croitean aig a' Choimisean)



## Àireamh chroitean a rèir sgìre ùghdarrais ionadail



# Sgrùdadh: Cille Mho-ruibhe

Thairis air beagan bhliadhnaichean, chaidh croitean 1, 2, 3 agus 4 ann an Cille Mho-ruibhe faisg air an Òban a reic no a leigeil gu daoine, a dh'fhàg raointean sgapte de dh'fhearann sa bhaile le suidheachadh toinnte a thaobh luchd-seilbh, luchd-gabhair agus uachdarain.

Bha Coimisean na Croitearachd ag iarraidh cor nan croitean a dhaingneachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun robh iad uile fo sheilbh agus gan obrachadh a rèir nan dleastanasan a tha air croitear. Gus seo a thoirt gu buil, mhol an Coimisean Sgeama ath-eagrachaidh fo Earrann 38 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 (an Achd) gus gach pìos den fhearann a stèidheachadh mar chroit fa leth agus i fo sheilbh neach-gabhair no croiteir mar shealbhadar na chòmhnaidh.

Ann an cumhaichean na h-Achd, faodaidh an Coimisean sgeama ath-eagrachaidh ullachadh gus baile-fearainn a ghleidheadh no a leasachadh ann an seagh nas fheàrr. Faodaidh an Coimisean seo a dhèanamh air a cheann fhèin no an dèidh deasbaid agus comhairle le neach-gabhair croite, le uachdaran croite sa bhaile no le comataidh an fheuraich.

Dh'obraich an Coimisean leis a h-uile duine a bha an sàs anns an sgeama ath-eagrachaidh gus crìochan mionaideach na croite a bha aca a stèidheachadh. Chaidh a' chiad mhapa den ath-eagrachadh a chur a-mach, le gach croit agus a h-ìre shònraichte fhèin aice le iomradh air ìrean eile a thug iad a-mach às a' chroit roimhe, cho math ri copaidh den inntrinn bho Chlàr nan Croitean aig a' Choimisean gus inbhe an fhearainn a dhearbhadh. Bha seo ann gus a dhèanamh cinnteach nach deach am fearann a reic a-rithist no nach robh neach-gabhair air a' chroit aige a cheannach agus dearmad a dhèanamh air sin a chur an cèill don Choimisean.

Chaidh deasbadan a chumail gus a dhèanamh cinnteach gun robh a h-uile duine ag aontachadh ris criochan nan croitean aca. Thug an Coimisean map deireannach a-mach a sheall an t-ath-eagrachadh a bhathar a' moladh agus chaidh

iarraidh air a h-uile duine a bha an sàs ainm ùr a chur air a' chroit aca gus an rachadh a chur a-steach air Clàr nan Croitean. Chaidh fios a thoirt cuideachd do na daoine air iomall a' bhaile agus chaidh an cothrom a thoirt dhaibh sealltainn air a' mhapa ath-eagrachaidh.

Thuirt Cailean Ceannadach, Neach-gairm agus Coimiseanair airson na sgìre: "B' e seo a' chiad ath-eagrachadh a ghabh Coimisean nan Croitearachd os làimh agus bha e gu math luachmhor oir tha a h-uile duine agus a chuid fearann-croite fhèin air a chlàradh aige a-nis mar aonad fa leth leis na h-uile an sàs ag aontachadh mu na crìochan. Tha seo a' daingneachadh tèarainteachd nan croitean seo san ùine ri teachd seach gu bheil gach croit fo dhòn an reachdais ann an Achd na Croitearachd a-nis agus feumaidh gach neach-gabhair agus sealbhadar na chòmhnaidh cumail ris na dleastanasan a bhios air croitear."

**“**Tha seo a' daingneachadh tèarainteachd nan croitean seo san ùine ri teachd seach gu bheil gach croit fo dhòn an reachdais ann an Achd na Croitearachd a-nis agus feumaidh gach neach-gabhair agus sealbhadar na chòmhnaidh cumail ris na dleastanasan a bhios air croitear. **”**

# Cùil-chinn air an Riaghladh

Tha rianachd air a roinneadh agus feum torrach den chùl-chinn deatamach airson seasmhachd croitearachd.

Chì sinn cothroman dha-rìribh ann an cùil-chinn agus tha sinn den bheachd gu bheil an cothrom seo air maoin choitcheann, gu sònrachte le cleachdaidhean-obrach coitcheann a tha ann cheana, a' ciallachadh gu bheil an comas aig cùil-chinn a bhith mar inneal-brosnachaidh nach beag airson barrachd com-pàirteachais agus leasachadh co-obrachaidh. Tha an Comataidh a' cur stèidheachadh comataidhean-

feuraich gnìomhach air adhart agus gum bi riaghailtean iomchaidh aig gach cùl-cinn. Mar phàirt de seo, chruthaich sinn sreacht stèidhichte riaghailtean do chomataidhean is luchd-pàirteachaidh. Sa bhliadhna a tha romhainn, cuiridh sinn ri seo, a' toirt comhairle ann am barrachd mionaideachd, an dèidh comhairle a chur ri luchd-pàirteachaidh.

	Àireamh nan cùl-cinn	Comataidhean ann an dreuchd
Earra Ghàidheal agus Bòd	60	14
Gàidhealtachd	536	255
Comhairle nan Eilean Siar	295	180
Arcaibh	9	1
Sealtainn	168	46
Iomlan	1,068	496

## Iarrtasan bho Chomataidhean-feuraich

Seòrsa iarrtais	Fhuaireadh	Cheadaicheadh	Dhiùltadh
Riaghailteachadh	36	18	1

“ Tha an comas aig cùil-chinn a bhith mar inneal-brosnachaidh nach beag airson barrachd com-pàirteachais agus leasachadh co-obrachaidh. ”





# Sgrùdadh: Arainn

Thill Frances Hamilton agus an duine aice, Alasdair, a dh'fhuireach ann an Eilean Arainn o chionn ghoirid an dèidh dhi fearann (1.02h) fhaighinn mar dhileab bho h-athair.

**“Is e seo a' chiad  
chroit a chaidh a  
chruthachadh ann  
an Arainn agus  
tha e na cheum air  
adhart mar sin gus  
coimhearsnachd-  
croitearachd a  
chruthachadh anns  
an eilean.”**

Bha Frances ag iarraidh am fearann a dhòn agus tha ùidh mhòr aice ann an croitearachd agus mar sin chuir i roimhpe iarrtas a chur dhan Choimisean gun rachadh am fearann a dhèanamh na croit às ùr a dh'haodadh iad cur air adhart ri tìde dhan chloinn aca. Tha buntanas aig Frances agus Alastair le chèile ri àiteachas, bha athair Frances na thuathanach agus b' àbhaist don duine aice a bhith na chìobair.

Sa Ghearran 2010, dh'ainmich Ministearan na h-Alba Arainn, Bòd, Cumardh Mòr is Cumardh Beag agus Moireabh mar sgìrean-croitearachd far am faodar croitean ùra chruthachadh, le cead bho Choimisean na Croitearachd.

Thuirt Frances “Bha e san amharc againn caoraich choigreach a chur mar stoc air a' croit agus toradh a chòrr sam bith a reic aig margadh nan tuathanach gu h-ionadail. ‘S e seo a' chiad croit a chaidh a chruthachadh riamh ann an Arainn agus tha e na thogail dhuinn a bhith mar phàirt de shiostam na croitearachd anns an fharsaingeachd.”

Thuirt Cailean Ceannadach, Neach-gairm Coimisean na Croitearachd: “Is e seo a' chiad croit a chaidh a chruthachadh ann an Arainn agus tha e na cheum air adhart mar sin gus coimhearsnachd-croitearachd a chruthachadh anns an eilean.”

# Reachdas croitearachd a tha èifeachdach agus a bhuineas dhan latha

Tha tuigse choitcheann san roinn gum bi croitearachd a' cur gu mòr ri leasachadh eaconomach is sòisealta na h-Alba ach gu bheil fianais a chuireadh taic ri sin air a bhith a dhìth san àm a chaidh seachad.

## Cunntas-sluaign Croitearachd

Thug Coimisean na Croitearachd Cunntas-sluaign na Croitearachd a-mach anns an Dùblachd 2015. Tha dleastanas laghail air croitearan Cunntas-sluaign na Croitearachd, a chaidh a chur a-mach an toiseach ann an 2014, a lionadh a-steach agus a chur air ais, roimh dheireadh na h-ùine trì mìosan gus a lionadh a bha air 31 Màrt 2016.

Chaidh 73% de dh'fhoirmichean a' chunntais-sluaign a chur air ais, le 17,596 foirmichean air an cur a-mach agus 12,894 air an cur air ais.

## A-mach às an fheadhainn a chuir foirm a' chunntais-sluaign aca air ais, bha:



**91.5%**

a thuit gu bheil iad a'  
fuireach air a' chroit aca



**94.6%**

a thuit gum bi iad ag àrach  
is a' cumail na croite aca air  
neo gum bi iad ga cur gu feum  
buannachdail eile



**94.4%**

a thuit nach dèan iad dearmad  
no droch dhìol air a' chroit aca

dleastanasan reachdail ceangailte ri còmhnaidh  
agus rianachd nan croitean aca:

- Dleastanas a bhith a' fuireach air a' chroit aca, no an taobh a-staigh 32 cm bhuaipe
- Dleastanas gu dearmad a dhèanamh air a' chroit aca
- Dleastanas a' chroit aca àrach agus a chumail no a chur gu feum buannachdail eile.

Feumaidh an Coimisean a h-uile briseadh air dleastanasan a chuireas buill coimhairsnachd-croitearachd an cèill, comataidh-feuraich no Measadair a sgrùdad. Thairis air a' bhliadhna a chaidh, fhuair an Coimisean 5 aithrisean far an robh amharas gun robh briseadh dhleastanasan ann agus, mar thoradh, tha an Coimisean air brath mu dhà chùis far an robh amharas gun robh briseadh dhleastanasan ann a chur a-mach. Thug sinn air adhart caochladh chûisean a bha ann o chionn fhada far a bheil sinn air a bhith ann an conaltradh riutha sin a tha sinn an amharas mun deidhinn gun robh iad a' briseadh an dleastanas mu chòmhnaidh fad co-dhiù 10 bliadhna.

Tha cur a-mach Cunntas-sluaign Croitearachd 2014 is 2015 le chèile air cur ri mothachadh chroitearan mu na dleastanasan a dh'fheumas iad coileanadh. Tha e cuideachd air cuideam a chur air na roghainnean a tha ann do chroitearan mura bheil iad a' cumail ris na dleastanasan aca gus an suidheachadh a chur ceart, leithid sònrrachadh, fogaibhail no gabhail san ùine ghoirid. Thàinig mar thoradh air seo meudachadh air iarrasan riaghach le barrachd chroitearan gan riaghach fhèin gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' cumail rin cui dleastanasan.

## Còmhnaidh agus Cleachdadh an Fhearrainn

Feumaidh a h-uile croitear, an dà chuid luchd-gabhair agus sealbhadairean nan còmhnaidh, cumail ri trì



# Sgrùdadh: 4 Port nan Long

Ann an 2013, an dèidh sgrùdaidh agus deasbaid leis an neach-ghabhail, chuir Coimisean na Croitearachd crìoch air a' ghabhail airson 4 Port nan Long seach nach robh an neach-ghabhail a' cumail ris an dleastanas a bhith a' fuireach air a' chroit no an taobh a-staigh 32c bhuaipe.

An dèidh bruidhinn ris an uachdaran, ghabh an Coimisean gabhail na croite os làimh, ann am Bràcadal san Eilean Sgitheanach, rud a ghabh a-steach roinnean sa chùl-chinn agus ballrachd Comataidh-feurach agus Comann-chaorach Thalaisgeir a Tuath. Chaidh brath a chur gu Comataidh an Fheurach agus chaidh iarraidh oirre fios a chur gu neach sam bith aig am biodh ùidh san àite fhalamh.

Rinn triùir Choimiseanairean agallamhan le ceathrar le ùidh sa ghabhail aig nach robh cothrom air fearann-croite an-dràsta. Chaidh a' ghabhail a bhuleachadh air croitear òg, Cheryl Nic an t-Saoir, aig a bheil eòlas nach beag air a bhith ag obair air croitean is fearann. Tha Cheryl ag iarraidh gu mòr dol an sàs ann an Comann nan Caorach, a tha feumach air buill ùra òga agus tha i na ball bho thùs de mheur nan Croitearan Òga de Chaidreachas Croitearachd na h-Alba.



**“**Tha Cheryl ag iarraidh gu mòr dol an sàs ann an Comann nan Caorach, a tha feumach air buill ùra òga agus tha i na ball bho thùs de mheur nan Croitearan Òga de Chaidreachas Croitearachd na h-Alba. **”**

Dhèilig an Coimisean ri cha mhòr 500 ceist mar thoradh dìreach air an fhiosrachadh am broinn no an cois foirmichean Cunntas-sluaign na Croitearachd.

Ghabh an Coimisean gabhail trì croitean os làimh cuideachd. Bha an Coimisean air crioch a chur roimhe air gabhail nan croitean fo reachdas Earrann 22 ann an Achd na Croitearachd agus dh'fhairtlich air na h-uachdarain molaidhean mu ullachaidhean a thaobh an leigeil air gabhail a thoirt.

## Fèin-riaghlaidh

Tha an Coimisean ag iarraidh dèanamh cinnteach gu bheil croitearan a' tuigsinn nan dleastanasan aca agus bidh e gam brosnachadh a bhith gan riaghlaidh fhèin. Tha fèin-riaghlaidh a' ciallachadh gum bi smachd aig croitearan air na thachras dhan chroit aca, a' taghadh roghainnean, gus an cuir iad ris a' chroit, ris a' bhaile agus ri siostam na croitearachd anns an fharsaingeachd.



# Sgrùdadh: An t-Eilean Sgitheanach

Leig Aonghas MacAonghais, le cead bhon Choimisean, a' chroit aige aig 63 is 64 Àird Bheàrnasdail san Eilean Sgitheanach air fo-ghabhail dhan ogha aige, Austin Little, fad 15 bliadhna.

Thuirt Aonghas gun do chuir e roimhe a' chroit a leigeil air fo-ghabhail oir "Tha ùidh mhòr aig m' ogha ann an croitearachd is caoraich agus mar sin le bhith a' leigeil na croite air fo-ghabhail dha, leig e le Austin an ùidh aige a leantainn agus cuideachd mise chuideachadh gus dealbhachadh airson cor na croite san àine air thoisearch."

Tha Austin 18 bliadhna dh'aois agus bha ùidh aige ann an croitearachd riamh. Ghabh e Cùrsa Croitearachd Caidreachas Croitearachd na h-Alba agus Cùrsa ann an Rùsgadh agus tha eòlas fad a bheatha aige air a bhith a' cuideachadh an teaghlaich aige le stoc. Tha Austin cuideachd na Ionmhasair aig Tuathanaich Òga an Eilean Sgitheanaich. Tha e san amharc aige a' chroit a chleachdadh gus caoraich a thogail agus mar fheurach. Thuirt Austin: "Tha mi fada an comain mo sheanar airson a' chroit aige a leigeil air fo-ghabhail dhomh oir bidh e a' leigeil leam cur ris an treud agam agus m' ùidh ann an caoraich aghus anns a' chroit a leantainn."



**“** Tha mi fada an comain mo sheanar airson a' chroit aige a leigeil air fo-ghabhail dhomh oir bidh e a' leigeil leam cur ris an treud agam agus m' ùidh ann an caoraich aghus anns a' chroit a leantainn. **”**

# Riaghlaiche a tha ceart agus èifeachdach

Is e làimhseachadh iarrasan riaghlaich a' ghniomhachd leanmhainneach as motha ann an Coimisean na Croitearachd. Tha e cudromach mar sin dèanamh cinnteach gun dèan sinn e ann am modh a tha èifeachdach agus ceart, a ghèilleas gu h-ionlan don reachdas.

## Iarrasan riaghlaich

### Iomlan airson a h-uile sgìre

Seòrsa iarrtais	Fhuaireadh	Cheadaicheadh	Dhiùltadh
Roinneadh	44	36	4
Dileab	86	88	
Tar-aiseag le Tiomnaiche	71	80	
Dì-chroiteadh – Làrach-taighe agus Fearann-gàrraidh	151	130	
Dì-chroiteadh – Pàirt de Chroit	249	235	
Dì-chroiteadh – Croit Làn	17	11	4
Croit ùr a chruthaicheadh fo earrann 3(a) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993	1		
Cead a bhith à làthair	55	35	1
Sònrrachadh	226	215	2
Gabhail san Ùine Ghoidrid	21	28	1
Fo-ghabhail	111	99	2
Leigeil	40	33	

Bidh àireamh nan iarrasan a gheibhearr diofraichte bho àireamh nan co-dhùnaidhean a thathar a' gabhail sa bhliadhna air caochladh adhbhar, nam measg iarrasan air an tarraing air ais agus mì-dhligheach. Faodaidh cuideachd gum faighear iarrasan aig deireadh bliadhna leis a' cho-dhùnadh an ath bhliadhna. Chaidh 4 Eisteachdan a chumail thar na bliadhna, chaidh 3 a stiùireadh leis a' Choimisean agus chaidh aonan iarraidh le croitear.

# Sgrùdadadh: Coimiseanairean a' sgrùdadadh dhaoine a dh'fhaodadh a bhith nam buill den Bhòrd

Nuair a bhruidhinn Coimiseanairean aig cruinneachadh nan croitearan òga a chaidh a chumail ann an Gleann Chanaisp, Loch an Inbhir, an-uiridh, dh'fhaighnich iad am biodh ùidh aig daoine òga sam bith barrachd fhaighinn a-mach a thaobh a bhith a' suidhe air a' Bhòrd agus a bhith nan Coimiseanairean.

Thuirt Catriona Niclleathain, Ceannard Coimisean na Croitearachd, "Tha sinn ag iarraidh raon farsaing de dhaoine fhaicinn air Bùird nam Buidhnean Poblach againn, gus a dhèanamh cinnteach gun nochd sinn raon farsaing de shuim agus tha seo na dhùbhlànan dha-rìribh dhuinne gu lèir a tha an ceannas air buidhnean poblach. Ged a tha Bòrd a' Choimisein air a dhèanamh suas air a' chuid as mothà le buill air an taghadh, bha sinn ag iarraidh gu mòr rannsachadh a dhèanamh air dòighean gus taic a chur ris a' phoileasaidh chudromach seo a thaobh ro-innleachd agus dh'aontaich sinn sgeama meantorachd a thòiseachadh."

Nochd caochladh dhaoine òga ùidh agus ghabh Viv NicGumaraid, croitear òg à Bail' Ùr an t-Slèibhe, agus Dòmhnull MacFhionghain, croitear ùr à Leòdhais, pàirt anns a' chlàr mheantorachd.

Chaidh Coimiseanair an urra a thoirt dhaibh bhon sgìre aca fhèin mar mheantor. Choinnich na Coimiseanairean ri Viv agus Dòmhnull agus rinn iad deasbad mun dreuchd, na tha ann agus na h-inbhean ris a bheil dùil bhon



fheadhainn a ghabhas dreuchd phoblach os làimh. Fhritheil iad Coinneamh Bòrd a' Choimisein san t-Sultain 2015 agus chaidh an toirt air turas timcheall air an oifis far an do mhìnic sgioba a' Choimisein an obair a bhios gach roinn a' dèanamh.

Thuirt Viv Montgomery, tè a ghabh pàirt anns an sgeama: "Bha seo math dha-rìribh. Cha do thuig mi gun robh uimhir ri bhith na do Choimiseanair agus bha e na thogail-inntinn gu mòr. Cha bhithinn riamh air beachd a ghabhal air dreuchd phoblach mura bithinn air pàirt a ghabhal anns a' mheantorachd, ach gabhaidh mi a-nis. Gu dearbh, math dh'fhaodte gun gabh mi

beachd air seasamh san ath thuras de thaghaidhean Coimisean na Croitearachd ann an 2017."

Thuirt Catriona Niclleathain "Tha sgeama na meantorachd air a bhith soirbheachail dha-rìribh agus tha sinn an dòchas cothrom a thoirt do dhaoine eile an aon fhiosrachadh fhaighinn agus eòlas a chur air obair a' Bhùird. A dh'aindeoin gur dòcha nach biodh e na bhuanachd gu direach dhan Choimisean, seach gu bheil a' chuid as mothà den Bhòrd againn gan taghadh, tha sinn an dòchas gun toir e misneachadh do na daoine òga seo dreuchdan poblach iarraidh agus cha bhi seo ach na bhuanachd do dh'Alba air fad."

# An Obair a tha Romhainn

Cumaidh Coimisean na Croitearachd air a' toirt dòighean-gníomhachais nas fheàrr gu buil agus a' dèanamh ath-bhreithneachaidh air na modhan-gníomhachais againn gus a dhèanamh cinnteach gun toir iad an dèanadas as fheàrr agus luach a ghabhas toirt gu buil.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil fianais làidir deatamach gus bunait a chur ris na tàbhachdan ro-innleachdail againn agus gheibh sinn fios den chiad ire bho Chunntas-sluagh Croitearachd is Feuraich a chuidicheas gus a' bhuaidh a bheir croitearachd agus cleachdadadh gníomhach den fhearann a thomhas. Cuidichidh an fhianais seo an Coimisean cuideachd na chuid obrach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a h-uile croitear agus croitear mar shealbhadair na chòmhnaidh a' cumail ris nan dleastanasan aca, le bhith, don chiad turas, a' toirt deilbh gu h-iomlan agus a' leigeil leis a' Choimisean dealbhachadh mun dòigh as fheàrr gus aghaidh a chur air an fheadhainn nach eil, mar eisimpleir, le bhith a' cumail sgeamaichean ionadail, ag obair le oighreachdan, croitearan is uachdarain gus uallach ionadail gus aghaidh a chur air na ceistean mòra sna sgìrean aca a bhrosnachadh.

Bidh àite aig Coimisean nan Croitearachd fhathast ann am beachdachadh sam bith air atharrachaidhean san ùine air thoiseach air reachdas ceangailte ri croitearachd, ag obair gu dlùth le luchd-pàirteachaidh bunaiteach ann an croitearachd, Riaghaltas na h-Alba agus Ministearan na h-Alba, air farsaingeachd cheist gus raointean sam bith a chomharrachadh agus a

chur air adhart far a bheilear den bheachd gu bheil atharrachadh a dhith.

Tha sinn den bheachd gu bheil e cudromach gum bi luchd-obrach dèanadach ann an dà chuid an-dràsta agus san ùine romhainn. Tha fios againn gus seo a thoirt gu buil gun fheumar tasgadh ann an sgioba agus ann an riocdan is dòighean na buidhne gus cur ri comas na buidhne. Tha an Coimisean den bheachd gun tig mar thoradh air an tasgadh seo gum faigh sinn dòighean ùra agus nas fheàrr gus na toraidhean againn a thoirt gu buil, a' cleachdadadh eòlas agus lùth an sgioba air fad gus leasachadh buan a thoirt air an t-seirbheis a bhios sinn a' toirt seachad. Tha sinn cuideachd ag iarraidh dèanamh cinnteach gun cùm sinn a' bhuaidh a bheir sinn air an àrainneachd aig an ire as isle, le bhith ag obair gus brùchdadadh a' charbain againn a lùghdachadh.

Catriona Niclleathain  
Ceannard agus Oifigear Cunnatachail

Ceann-latha 17 Lùnastal 2016





# Sgrùdadh: Tuath Armadail

Tha Tuath Armadail, a ghlèidh Duais Thornton airson Tuath-chaorach na h-Alba na Bliadhna aig Agriscot 2015, air a bhith san teaghlaich aig Joyce Chaimbeul bho 1962. Tha an tuathanas, ann an ceann a tuath Chataibh, fo ghabhail croitearachd agus bha e ga ruith roimhe sin le saighdearan Armadail a thill bhon Chogadh Mhòr agus a chuir Comann-chaorach Armadail air bhonn.

Chuir teaghlaich Joyce feansaichean suas, thug iad fearann air ais, rinn iad drèanadh agus leasachadh air mu mhive acair de bheinn. An-diugh tha treud dùinte de 800 òthaisg chlàraichte, 250 uan-reithe, 60 reithe agus 25 de chrodh a tha gan cur gu tarbh Aonghais Obar Dheathain

Tro na meadhanan sòisealta tha e a' còrdadh ri Joyce am beatha san taobh a tuath a shoillseachadh agus tha iad air caochladh thachartasan a għlacadh rè na bliadhna. Tha drònaichean agus camarathan-bodhaig gan cleachdadhus dealbh gu tur ùr a thoirt air tional nan caorach, sealladh òthaisge a' dol tro fhaing no an coltas a tha air saoghal cù-obrach. Tha feill mhòr air a bhith air feedhainn de na bhideothan goirid agus chaidh sùil a thoirt air aon fhear dhiubh dà mhillean turas air Facebook.

Tha Joyce a' mìneachadh "Mar dhaoine a' dèanamh bidheth math dh'fhaodte gum bi sinn a' faireachdainn gun do choisinn sinn droch iomhaigh san àm a dh'halbh ach le cleachdadhus ciallach nam meadhanan sòisealta faodaidh sinn na sgeulachdan againn fhìn mu na bhios sinn a' dèanamh leis an fhearann agus sinn ag obair aithris. Tha mi den bheachd ma bheir dìreach aon phost a chuireas mi suas air cuideigin stad agus uan Albannach seach uan à Sealan Nuadh gu bheil mi air buaidh a thoirt.

"Tha gaol mòr agam air a' bhaile sa bheil mi a' fuireach agus ag obair. Dhomhsa tha croitearachd a' cumail nan solas air ann an taighean ann an coimhleasachdan a tha iomallach is cugallach agus nach biodh ann às a h-aonais.

"Is e dòigh car doirbh agus aig amannan toinnta a tha ann gus do bheò-shláint a dhèanamh ach tha e gu math luachmhor cuideachd. Feumaidh sinne mar chroitearan fàs fada nas fheàrr air a bhith gar reic fhèin agus a' reic nan sgeulachdan againn.

"Tha a sgeul fhèin ri innse aig a h-uile duine againn. Dhomhsa, leig na meadhanan sòisealta leam an dealas agus an spèis a tha agam do chroitearachd a nochdadhus ri poball farsaing. Tha àite mòr aig croitearachd ann a bhith a' cumail nan coimhleasachdan beothail agus eugsamhail sa bheil sinn a' fuireach. Feumar gun tèid cluas ri èisteachd a thoirt do na guthan againn agus èisteachd ri cuideam buannachdan sòisealta siostam na croitearachd aig an ìre as àirde."

**“...le cleachdadhus ciallach nam meadhanan sòisealta faodaidh sinn na sgeulachdan againn fhìn mu na bhios sinn a' dèanamh leis an fhearann agus sinn ag obair aithris. Tha mi den bheachd ma bheir dìreach aon phost a chuireas mi suas air cuideigin stad agus uan Albannach seach uan à Sealan Nuadh gu bheil mi air buaidh a thoirt.”**



# Cunntasan Bliadhnaill 2015-16

## Aithisg mu Chunntalachd

- Aithisg mu Riaghladh Corporra
  - Aithisg Luchd-stiùiridh
  - Aithris mu Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail
  - Aithris mu Riaghladh
- Aithisg thuarastalan agus aithisg luchd-obrach
- Aithisg mu Chunntalachd is Sgrùdadh Pàrlamaideach

## Aithisg Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

## Aithrisean Ionmhasail

- Notaichean ri Cunntasan

# Aithisg mu Riaghladh Corporra

## Aithisg Luchd-stiùiridh

Bòrd nan Coimiseanairean



**Cailean Ceannadach**  
Neach-gairm agus  
Coimiseanair na  
Gàidhealtachd an Iar-  
deas.



**Iain Seòras  
MacDhomhnaill**  
Iar-neach-gairm agus  
Coimiseanair na  
Gàidhealtachd an Iar.



**Caitlin Nic na Ceàrdach**  
Coimiseanair Shealtainn.



**Murchadh MacLlinnein**  
Coimiseanair nan Eilean  
Siar.



**Uilleam Swann**  
Coimiseanair agus Iar-  
chathraiche Comataidh  
Sgrùdaidh is Ionmhais air  
an Taobh A-staigh.



**Arnold Pirie**  
Coimiseanair Arcaibh is  
Ghallaibh.



**Marina Dennis**  
Coimiseanair na  
Gàidhealtachd an Ear.



**Dàibhidh Caimbeul**  
Coimiseanair agus na  
shuidhe air a' Bhòrd mar  
riochdaire nan uachdaran.

Faodar sealltainn air Clàr Com-pàirtean Choimiseanairean air Làrach-lìn Coimisean na Croitearachd:  
[www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

## Sgioba-stiùiridh



### **Catriona NicIleathain, Ceannard**

Uallach air a' cheann thall airson obrachadh agus rianachd Coimisean na Croitearachd. A' dèanamh cinnteach gum faigh Ministearan na h-Alba agus Coimiseanairean fiosrachadh cruinn agus comhairle gun chlaonadh.



### **Dàibhidh MacPhionnlaidh, Neach-lagha**

Uallach comhairle laghail a thoirt do Choimiseanairean agus don sgioba mu Achdan Croitearachd agus reachdas eile.



### **Iain Toal, Ceannard Poileasaidh**

A' cumail taice ris a' Bhòrd gus poileasaidh ro-innleachdail a chur ri chèile air farsaingeachd de cheistean air an taobh a-muigh agus an taobh a-staigh a dh'ionnsaigh nan amasan obrachaidh aca.



### **Eòsaph MacIlleChiar, Ceannard Riaghlaidh**

Uallach airson rianachd anns an fharsaingeachd air na sgiobaidean riaghlaidh. A' rianachd cuideachd air obair a' Choimisein mar bhuidheann-comhairleachaidd reachdail agus a' cuideachadh ri Planaichean Leasachaidh Ionadail nuair a dh'iarrar air.



### **Donna Nic a' Ghobhainn, Ceannard nan Siostaman fiosrachaidh**

Uallach rianachd fo-structar is rianachd lònra IT. An ceannas air solar is libhrigeadh fiosrachaidh staitistig is cruinn-eòlais. Uallach cuideachd airson taic a chur ri pròiseactan leanmhainneach a thugadh a-steach le Achd Ath-leasachadh Croitearachd 2010.



### **Sine NicThòmais, Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-caitheimh**

Uallach airson ionmhas, conaltradh agus seirbheisean luchd-cleachdaidh do luchd-pàirteachaidh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, a' gabhail a-steach ghearanan agus iarrtasan fo shaorsa an fhiosrachaidh. Oifigear an Ceannas airson trèanadh Co-ionannachd is Eugsamlachd. Oifigear nan Inbhean.

## Peinnseanan

Tha buill de sgioba Coimisean na Croitearachd airidh air a bhith nam buill de Phrìomh sgeama Peinnseanan na Seirbheise Catharra. Tha fios mun sgeama agus fios mu na cuibhreannan peinnsean air a bheil luchd-stiùiridh Coimisean na Croitearachd airidh gan toirt anns an Aithisg air Tuarastal (td 53) agus san nota (td 72) an cois nan cunntasan seo.

## Iarrtasan fo Shaorsa an Fhiosrachaidh

Fhuair Coimisean na Croitearachd 64 iarrtasan a thug tarraing air Achd Saorsa an Fhiosrachaidh sa bhliadhna 2015-16 (59, 2014-15). Faodar sealltann air fiosrachadh slàn mun deidhinn seo air làrach-lìn Coimiseanair an Fhiosrachaidh ann an Alba: //stats.itspublicknowledge.info/ agus làrach-lìn Coimisean na Croitearachd [www.crofting.scotland.gov.uk/foi](http://www.crofting.scotland.gov.uk/foi)

## Còd Cleachdadha Pàighidh

Air an aon rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, bidh Coimisean na Croitearan ag iarraidh gun tèid a h-uile fàirdeal aig luchd-solair far nach eil eas-aonta a phàigheadh an taobh a-staigh deich latha-obrach an dèidh am faighinn. Bidh Coimisean na Croitearachd ag amas air 100% de dh'fhàirdealan a phàigheadh, a' gabhail a-steach fhàirdealan far a bheil eas-aonta aon uair is gu bheil an eas-aonta air a fuasgladh, ris an uair fo na cumhaichean seo. Ri linn na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2016, phàigh Coimisean na Croitearachd 96.5% de na fàirdealan aige fo na cumhaichean seo (94.2% ann an 2014-15).

## Gearanan

Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd seirbheisean barraichte a thoirt do luchd-cleachdaidh. Tha sinn a' cur luach air gearanan agus a' cleachdadadh fios bhupa gus ar cuideachadh gus feabhas a thoirt air seirbheisean.

Chlàraich Coimisean na Croitearachd 40 gearan (19 *Frontline* agus 21 Sgrùdadadh) anns a' bhliadhna 2015-16 (42: 28 *Frontline* agus 14 Sgrùdadadh ann an 2014-15). Faodar sealltann air fios slàn mu Chumhaichean Iomraig Comataidh nan Gearanan againn, le stiùireadh agus àireamhan nan gearanan nan cois, air an làrach-lìn againn <http://www.crofting.scotland.gov.uk/complaints>

## Tèraineachd Fiosrachaidh Pearsanta

Cha do thachair, fhad is a tha fios, briseadh sam bith air fiosrachadh pearsanta ann an 2015-16 (2014-15: Cha robh gin).

## Cisean Nach eil a' Bualadh air Sgrùdadadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadadh Alba a chur an dreuchd mar sgrùdaiche. Tha fios mu chìs an sgrùdaidh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2016 ga nochdadh ann an nota 3 an cois nan cunntasan. Cha deach Sgrùdadadh Alba a chur an sàs no a phàigheadh airson obair sam bith nach robh a' bualadh air sgrùdadadh ri linn na bliadhna.

## Aithris mu Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail

Fo earrann 19(4) de dh'Achd Ionmhais Phoblaich agus Cunntalachd (Alba) 200 agus paragraf 19 Sgeideal 1 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimiseanairean na Croitearachd aithris chunntasan ullachadh do gach bliadhna-ionmhais sa chruth agus air a' bhunait a tha gam mìneachadh ann an Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha na cunntasan gan ullachadh a rèir thàrmachaidhean agus feumaidh iad dealbh a thoirt a tha fior agus ceart air suidheachadh cùisean Coimisean na Croitearachd aig deireadh na h-ùine agus air a chuid cosgaisean obrachaiddh, bhuannachd agus chall a dh'aithnichear agus sruthadh-airgid airson na h-ùine ionmhais.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifigeir Cunntachail:

- cumail ri Stiùireadh nan Cunntasan a thug Ministearan na h-Alba a-mach, a' gabhail a-steach nan riatanasan iomchaidh mu chunntasachd agus nochdad, agus poileasaidean freagarrach cunntasachd a chur an gnìomh gu seasmhach;
- breitheanas agus measadh a dhèanamh air bunait reusanta;
- cur an cèill an do chumadh ri inbhean cunntasachd a bhuineas ris a' chùis a mhìnichlear ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltas mu Aithisgean ionnhasail agus claonaidean sam bith sna cunntasan a nochdad agus a mhìneachadh; agus
- na cunntasan ullachadh mar ghnothach a' dol air adhart.

Tha Oifigeir Seasmhach agus Prìomh Oifigeir Cunntachail Riaghaltas na h-Alba air Catriona Niclìleathain a chur an dreuchd mar Oifigeir Cunntachail Coimisean na Croitearachd.

### **Aithris leis an Oifigeir Chunntachail**

Mar Oifigeir Cunntachail, tha riaghailteachd agus ceart an ionmhais phoblaich às a bheil mi freagarrach, gleidheadh chlàran poblach agus dòn maoin Coimisean na Croitearachd an urra rium fhèin, mar a mhìnichlear ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail a thug Ministearan na h-Alba a-mach.

### **Nochdad Fiosrachaidh ris an Luchd-sgrùdaidh**

Mar Oifigeir Cunntachail, fhad is is aithne dhomh, chan eil fiosrachadh buntainneach sam bith a thaobh sgrùdaidh air nach eil luchd-sgrùdaidh Coimisean na Croitearachd eòlach. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail gus a bhith mothachail air fiosrachadh buntainneach sam bith agus dearbhadh gum bi luchd-sgrùdaidh Coimisean na Croitearachd mothachail air an fhiosrachadh.

### **Dearbhadh an Oifigeir Chunntachail air Aithisg is Cunntasan Bliadhnailean**

Mar Oifigeir Cunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg agus na cunntasan bliadhnailean nan ionlan ceart, cothromach agus soilleir agus tha mi a' gabhail uallaich phearsanta às an aithisg agus às na cunntasan bliadhnailean agus às a' bhreitheanas gus a dhearbhadh gu bheil iad ceart, cothromach agus soilleir.

# Aithris mu Riaghlaigh

## Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris mu Riaghlaigh Corporra a' clàradh maorsainneachd Coimisean na Croitearachd agus tha i a' cur ris na cunntasan bliadhnailean. Tha an aithris seo cuideachd a' toirt còmhla aithrisean mu shuidheachadh agus fianais air riaghlaigh agus rianachd is smachd air gàbhadh gus modh soilleir is seasmhach mu aithris a thoirt seachad.

## Ire an Uallaich

Mar Oifigear Cunnatashail, tha e an urra rium siostam slàn de smachd air an taobh a-staigh a chuireas taic ri toirt gu buil poileasaidhean, amasan agus cinn-chrìche an eagrachaidh, a stèidhicheas Ministearan na h-Alba, a chumail suas agus aig an aon àm an t-airgead agus a' mhaoin phoblach às a bheil uallach pearsanta orm fhèin a dhòn, air an aon rèir ris na h-uallachaidhean ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntashail.

Ann an coileanadh mo dhleastanasan pearsanta, bidh mi a' dèanamh cinnteach gun geill an t-eagrachadh do Leabhar-làimhe lonmhas Poblach na h-Alba. Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh agus aithris cheart ionmhais phoblaich. Tha e a' mìneachadh nam feumalachdan reachdail, pàrlamaideach is rianachail a tha buntainneach, a' cur cuideim air an fheum air caomhnadh is eifeachdalachd,

agus a' cur air adhart deagh chleachdad agus inbhe àrda de cheart.

## Frèam Riaghlaidh

### Am Bòrd

Tha an Neach-gairm an ceannas air a' Bhòrd agus an Ceannard an ceannas air rianachd ghnìomhach na buidhne.

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas le naoinear Choimiseanairean, agus a' chuid as mothà dhiubh gan taghadh le croitearan clàraichte. Tha an tiotal Neach-gairm ga thoirt dhan Choimiseanair a thèid a thaghadh gus am Bòrd a stiùireadh.

Gheibhear barrachd fiosrachaideh mu na Coimiseanairean air duilleag 41.

Is e cleastanas a' Bhùird ceannas, treòrachadh, taic is seòladh ro-innleachdail a thoirt do Choimisean na Croitearachd agus plana ullachadh agus a chur a-steach, a' nochdadh a' phoileasaidh aca a thaobh mar a tha e san amharc aca na h-uallaichean aca a dhèanamh rin ceadachadh le Ministearan na h-Alba, agus rùn ris na luachan, poileasaidhean agus amasan bunaiteach aca a chur air adhart. Tha e an urra ris a' Bhòrd cuideachd ceannas a chumail air obair Coimisean na Croitearachd. Leig Uilleam Swann an dreuchd aige air a' Bhòrd seachad air 2 Ògmhios 2016.

## Coimiseanairean ann an 2015-16

Coimiseanair	Modh san Deach a Chur an Dreuchd	Frithealadh air Coinneamhan a' Bhùird ann an 2015-16
Cailean Ceannadach (Neach-gairm)	Air a Thaghadh	8/8*
Iain Seòras MacDòmhnaill (lar-neach-gairm)	Air a Thaghadh	8/8*
Arnie Pirie	Air a Thaghadh	7/8*
Caitlin Nic na Ceàrdaich	Air a Thaghadh	7/8*
Murchadh MacLìllìlein	Air a Thaghadh	8/8*
Dàibhidh Caimbeul	Air a Chur an Dreuchd le Ministearan na h-Alba	8/8*
Marina Dennis	Air a Chur an Dreuchd le Ministearan na h-Alba	8/8*
Uilleam Swann	Air a Chur an Dreuchd le Ministearan na h-Alba	7/8*

\* = Àireamh fhrithealaidean/Àireamhan choinneamhan comasach frithealadh orra

## Buille Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais ann an 2015-16

Coimiseanair	Modh san Deach a Chur an Dreuchd	Frithealadh air Coinneamhan a' Bhùird ann an 2015-16
Cailean Ceannadach	Cathraiche	0/4*
Uilleam Swann <sup>1</sup>	lar-chathraiche	4/4*
Caitlin Nic na Ceàrdaich	Ball	4/4*
Dàibhidh Caimbeul	Ball	3/4*

\* = Àireamh fhrithealaidean/Àireamhan coinneamhan comasach frithealadh orra

1 = Chaith Murchadh MacLlInnein a chur an dreuchd mar lar-chathraiche na Comataidh, a' tòiseachadh 7 Ògmios 2016

Tha am Bòrd ga chuideachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a bhios a' coinneachadh gach ràithe air a' char as lughá.

Tha rùn aig Bhòrd ri inbhean àrda de riaghlaigh corporra agus tha e den bheachd gun cruthaich cruth seasmhach a thaobh riaghlaidh eagachadh math.

### Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais

Tha triùir Choimiseanairean gan cur an dreuchd leis a' Bhòrd air Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Bidh a' Chomataidh a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd mā dh'fheumar.

Faodar cumhaichean iomraidh Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais fhaighinn bho làrach-lìn a' Choimisein [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

Tha an fheumalachd ann an Achd 2010 gun tèid an Cathraiche sa chathair air a' Chomataidh ma bhios e "an làthair" aig na coinneamhan aice an aghaidh an deagh chleachdaidh a chaidh a chur a-mach le Riaghaltas na h-Alba ann an Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba aige, Leabhar-làimhe Comataidh Sgrùdaidh agus Air Bòrd. Gus gèilleadh do dh'Achd 2010 agus don stiùireadh air deagh chleachdad, tha an

Coimisean air lar-chathraiche a chur an dreuchd air a' Chomataidh agus cha bhi an Neach-gairm a' frithealadh coinneamhan na Comataidh mar as trice. Tha meur sponsair Riaghaltas na h-Alba aig a' Choimisean air dearbhadh gu bheil e a' cur aonta ris an ullachadh seo.

Bidh an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh agus an taobh a-staigh a' frithealadh coinneamhan uile Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha an cothrom aca labhairt ann an diòmhaireachd ri buill na Comataidh. Is e adhbhar Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais sùil a chumail air gàbhadh, smachd agus riaghlaigh corporra. Bidh i ag obrachadh gu neoisimeileach agus a' toirt aithisg don Bhòrd.

### Comataidh Ghearanan

Tha triùir Choimiseanair gan cur an dreuchd gus frithealadh air Comataidh nan Gearanan. Bidh a' Chomataidh seo a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna.

Faodar cumhaichean iomraidh Comataidh nan Gearanan fhaighinn bho làrach-lìn a' Choimisein [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

Gheibhear fiosrachadh mu àireamhan ghearanan ceangailte ri 2015/16 air duilleag 43.

## Buill Comataidh nan Gearanan ann an 2015-16

Coimiseanair	Dreuchd air Comataidh nan Gearanan	Frithealadh air Coinneamhan na Comataidh ann an 2015-16
Cailean Ceannadach	Cathraiche	4/4*
I S MacDhòmhnaill	Ball	4/4*
Dàibhidh Caimbeul	Ball	3/4*

\* = Àireamh fhrithealaidean/Àireamhan coinneamhan comasach frithealadh orra

Air 9 Màrt 2016, cheadaich am Bòrd atharrachadh air cumhaichean iomraidh na comataidh agus thug iad mar ainm ùr oirre Comataidh Ghearanan agus Dearbhagh Gnè. Tha an t-atharrachadh seo a' leigeil leis a' Chomataidh cuideam a chur air na dh'ionnsaichear bho ghearanan agus na gniomhan a thathar a' gabhail an dèidh làimhe mar thoradh.

### **Neach-gairm Coimisean na Croitearachd**

Mar a chaidh aithisg a thoirt anns an Aithris mu Riaghlagh an-uirdh, leig Siùsaidh Nic an Fhùcadair an dreuchd aice mar Neach-gairm seachad bho 8 Cèitean 2015. Thagh Coimseanairean Cailean Ceannadach an dèidh sin, a' tòiseachadh 24 Ògmhios 2015. Tha Cailean Ceannadach an urra ri Ministearan na h-Alba às leth Coimisean na Croitearachd airson dèanamh cinnteach gun cuir poileasaidhean agus gniomhan Coimisean na Croitearachd taic ri poileasaidhean ro-innleachd Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd agus gun tèid gnothaichean Coimisean na Croitearachd a ghiùlan le ionracas. Tha na h-ullachaidhean corpora a tha gan comharrachadh gu h-àrd an urra ris an Neach-ghairm ann an co-bhonn ri Buill eile a' Bhùird agus gu sònraichte dèanamh cinnteach gun toirt Coimisean na Croitearachd na h-amasan agus na cinn-chìche a leagas Ministearan na h-Alba sios a thoirt gu buil.

### **Sgioba-stiùiridh 2015-16**

- Catriona Niclleathain (Ceannard)
- Dàibhidh MacFhionnlaidh (Neach-lagha a' Choimisein)
- Donna Nic a' Ghobhainn (Ceannard Siostaman Fiosrachaiddh)
- Sine NicThòmais (Ceannard Seirbheisean Corporra agus Luchd-cleachdaidh)
- Iain Toal (Ceannard Poileasaidh)
- Eòsaph MacIlleChiar (Ceannard Riaghlaidh)

Gheibhearr barrachd fiosrachaiddh mun Sgioba-stiùiridh air duilleag 42.

Bidh an Sgioba-stiùiridh a' coinneachadh gu cunbalach agus tha e an urra riutha dreuchdan reachdail agus amasan ro-innleachdail Coimisean na Croitearachd a lìbhrigeadh. Tha an Sgioba-stiùiridh air a dhèanamh suas le Ceannard agus ceann gach roinn-obrachaiddh. Tha rùn aig an Sgioba-stiùiridh ri inbhean àrda de riaghlagh corporra agus bidh e a' feuchainn ris an ceannas, a' mhaorsainneachd ro-innleachdail agus an smachd a tha a dhìth gus

amasan bunaiteach Coimisean na Croitearachd a lìbhrigeadh a thoirt seachad.

### **Frèam Gàbhaidh is Smachd**

Feumaidh gach buidheann a tha fo na feumalachdan ann an Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba ro-innleachd gus gàbhadh a rianachd obrachadh a rèir an treòrachaidh iomchaidh a chuireas Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha an innleachd a thaobh gàbhaidh is smachd air a stèidheachadh air modh-obrachaiddh leanmhainneach aig a bheil e mas amas na priomh ghàbhaidhean mu thoirt a-mach poileasaidhean, amasan is cinn-chìche a' Choimisein a chomharrachadh; luachadh a dhèanamh air ìre nan gàbhaidhean sin agus an rianachd gu h-èifeachdach agus gu seaghach.

Tha clàr ghàbhaidhean corporra aig Coimisean na Croitearachd a bhios a' clàradh ghàbhaidhean air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh agus a' comharrachadh nan gniomhan a bhios a dhìth gus bagairt nan gàbhaidhean seo agus a' bhuaidh a bheireadh iad a lùghdachadh. Tha an Ro-innleachd mu Rianachd Ghàbhaidhean agus Clàr nan Gàbhaidhean Corporra gan ùrachadh agus ath-bhreithneachadh gu cunbalach leis an dà chuid Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhas agus leis an Sgioba-stiùiridh. Tha a h-uile gàbhadh fa leth ga thoirt do shealbhadar a bhios a' dèanamh cinnteach gun tèid gniomh gus a lùghdachadh a tharraing a-mach. Tha clàr nan gàbhaidhean na mhìr seasmhach aig coinneamhan a' Bhùird a thig an dèidh coinneimh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhas.

Bhuin am priomh ghàbhadh sa bhliadhna gu 31 Màrt 2016 ri:

- Fairtleachadh fiosrachadh a chur a-null gu soirbheachail bho na siostaman aosta IT a tha ann an-dràsta go Siostam ùr de dh'Fhiosrachadh Croitearachd.

Gus an gàbhadh seo a lùghdachadh, chaidh planaichean a dhèanamh gus am fiosrachadh a chur a-null tràth, leis an dà amas deuchainn a chur air an dòigh san rachadh a chur a-null agus uimhir a dh'fiosrachadh agus a ghabhadh a dhòn. Chaيدh seo a chur an gniomh gu soirbheachail san Dùblachd 2015, rud a lùghdaich ìre a' ghàbhaidh gus an deach an Siostam ùr mu Fhiosrachadh Croitearachd a chur air bhog anns a' Ghearran

2016. Tha ìre bheag de ghàbhadh ann fhathast mu shuidheachaidhean a bhuineas do dhileab beò agus iad gan làimhseachadh gu crìch fhathast ann an siostam aosta IT.

Bidh Coimisean na Croitearachd a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba mu Thèarainteachd Fiosrachaидh agus tha Sealbhadar-gàbhaidh Àrd-ìre aige gus rianachd a dhèanamh air fios mu ghàbhadh.

Tha na modhan mu ghàbhadh is smachd a chaidh a chleachdadhean ann an Coimisean na Croitearachd a ràir an stiùiridh san Leabhar-làimhe agus tha iad air a bhith ann sa bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2016 agus suas chun an latha a cheadaicheadh an aithisg agus na cunntasan bliadhnaile.

### **Ath-bhreithneachadh air Èifeachdalachd Smachd air an Taobh A-staigh agus Rianachd air Gàbhadh**

Mar Oifigear Cunntachail, tha e an urra rium ath-bhreithneachadh a dhèanamh air èifeachdalachd an t-siostaim airson smachd air an taobh a-staigh agus ullachaidhean rianachd air gàbhadh. Tha an t-ath-bhreithneachadh agam stèidhichte air:

- Litrichean dearbhaidd le taic bho liosta choileanta mu smachd air an taobh a-staigh, air aontachadh le gach ceann roinn-obrachaidh gu bheil an smachd ag obair gu math agus, mas iomchaidh, a' cur an cèill far a bheil adhbhar iomagain;
- Obair luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh, a chuireas aithisgean a-steach gu cunbalach gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais Coimisean na Croitearachd (tha seo a' gabhail a-steach nam beachdan neo-eisimeileach aca air ìre is èifeachdalachd siostaman a' Choimisein a thaobh smachd air an taobh a-staigh agus molaidhean mu leasachadh);
- Beachdan a nochdas Sgrùdadadh Alba san litir rianachd aca agus ann an aithisgean eile;
- An aithisg bhlriadhnail a bheir lar-chathraiche Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais don Bhòrd, le fios mionaideach mu obair na comataidh sin rè na bliadhna;
- Ath-bhreithneachadh gach ràithe le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais air clàr ghàbhaidhean an eagrachaidh agus air obair sgrùdaidh air an taobh a-staigh am measadh èifeachdalachd ullachaidhean mu rianachd ghàbhaidhean;
- Litrichean dearbhaidd bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a bheir seachad

seirbheisean ionmhais agus sgiobachd do Choimisean na Croitearachd.

Ri linn na bliadhna agus suas gus an deach aonta a chur ris na cunntasan ann an sgiobhadh, chaidh na h-ullachaidhean a leanas mu riaghlaigh a chur an gnìomh:

- Co-dhùnaidhean tiomnaichte airson dreuchdan riaghlaigh sònraichte. Gheibhear barrachd fiosrachaидh air duilleag 20.

Nì Coimisean na Croitearachd ath-bhreithneachadh air an t-siostam a thaobh smachd air an taobh a-staigh gus a dhèanamh cinnteach gun cùm seo air a' dearbhadh a thaobh nan dleastanasan a tha air fo Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010.

### **Modhan a thaobh Comh-strì mu Chom-pàirtean**

Tha dòighean a tha teann is coileanta gan obrachadh le Coimisean na Croitearachd gus dèiligeadh ri comh-strì mu chom-pàirtean a dh'haodadh èirigh. Tha clàr chom-pàirtean, a' còmhdach Choimiseanairean, ga chumail agus ga ùrachadh a h-uile bliadhna. Faodaidh duine sam bith seo a sgrùdadadh ma thogras e, agus tha e air fhoillseachadh air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.

Bidh Coimiseanairean a' clàradh comh-strì sam bith a dh'haodadh èirigh mu chom-pàirtean aig toiseach gach coinneimh leis na Coimiseanairean agus gan toirt fhèin às an làthair bho cho-dhùnaidhean air gnothaichean sam bith sa bheil com-pàirt aca. Tha na dearbhailean seo gan clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh.

Cheadaich agus ghabh an Coimisean ris a' Phoileasaidh mu Fheall san Dùblachd 2015 anns a bheil poileasaidh a thaobh Comh-strì mu Chom-pàirtean.

### **Sgrùdadadh air an Taobh A-staigh**

Tha sgrùdadadh air an taobh a-staigh na phàirt bunaiteach den t-siostam a thaobh smachd air an taobh a-staigh. Chaidh seirbheis an sgrùdaidh air an taobh a-staigh aig Coimisean na Croitearachd airson na bliadhna a thoirt seachad le Scott Moncrieff, a ghabh os làimh obair stèidhichte air anailis den ghàbhadh a thàinig air Coimisean na Croitearachd. Thatar air aithisgean a chur ri chèile a chòmhdaich Modh Làimhseachadh Ghearanan aig

Coimisean na Croitearachd, Ath-bhreithneachadh air an t-Siostam mu Phiosrachadh Chroitean agus Ath-bhreithneachadh air Molaidhean an Dèidh Làimhe. Tha toraidhean, molaidhean agus gnìomhan aonaichte an sgrùdaidh air an taobh a-muigh gan toirt anns na h-aithisgean fa leth a thathar a' cur a-mach sa bhliadhna an dà chuid don luchd-stiùridh agus do Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Nam measg seo tha beachd air ìre is èifeachdalachd an t-siostaim a thaobh smachd air an taobh a-staigh, cho math ri molaidhean mu leasachadh, air am bi an luchd-stiùridh a' gabhail beachd.

Gach bliadhna bidh an fheadhainn a nì an Sgrùdadh air an Taobh A-staigh a' toirt seachad aithisg bhliadhnaill anns a bheil beachd mun t-siostam a thaobh smachd air an taobh a-staigh. Is e am beachd a bha ann airson na bliadhna 2015-16 “*Nar beachd, tha frèam mu smachd ann an altaibh a chèile aig Coimisean na Croitearachd, ann an raointean air an tug sinn sùil, a bheir dearbhadh reusanta mu thoirt gu buil èifeachdach amasan an eagrachaidh agus rianachd air gàbhaidhean bunaiteach*”.

### An Luach as Fheàrr

Chaidh solarache seirbheis an sgrùdaidh air an taobh a-staigh a choimiseanadh gus ath-bhreithneachadh aig àrd-ìre a dhèanamh air an obair a tha Coimisean na Croitearachd a' dèanamh an-dràsta a rèir nan cuspairean mu Luach as Fheàrr a nochd Riaghaltas na h-Alba. Chomharrach an t-ath-bhreithneachadh seo caochladh ullachaidhean ann an àite a leigeas fhaicinn gu bheil Coimisean na Croitearachd a' dèanamh leasachaidh gu leanmhainneach a rèir gach cuspair. Chaidh caochladh raointean far an gabhadh leasachaidhean dèanamh a chomharrachadh, mar eisimpleir: a' ceangal bhuidseatan ri amasan, dealbhachadh airson luchd-obrach agus aithisgean air dèanadas anns an ùine fhada. Tha Coimisean na Croitearachd air ullachaidhean a chur an altaibh a chèile gus na leasachaidhean a mholadh san ath-bhreithneachadh seo a thoirt gu buil.

Tha luchd-obrach Coimisean na Croitearachd air fad gam fastadh le Riaghaltas na h-Alba. Mar thoradh air sgrùdadh VAT le luchd-cise air Riaghaltas na h-Alba, tha HMRC air tighinn chun a' cho-dhùnaidh gum bi cosgais an luchd-obrach air iasad bho Riaghaltas na h-Alba gu Coimisean na Croitearachd fo VAT.

Tha an Coimisean ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba gus a dhèanamh cinnteach gun tèid buaidh sam bith a thaobh ionmhais air a' Choimisean san àm air thoisearch a chumail aig an ìre as lugh. Thathar a' cumail fios ris an Oifigear Chunntachail mun cheist seo agus tha ise an uair sin ann an conaltradh ri Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, Sgrùdadh air an Taobh A-staigh is an Taobh A-muigh, agus Luchd-sponsair Riaghaltas na h-Alba gus a dhèanamh cinnteach gun tèid gàbhadh sam bith a rianachd gu h-iomchaidh, a' gabhail a-steach ìrean maoineachaidh san àm air thoisearch..

### Cùisean Riaghlaidh a' Dol air Adhart

Is iad na dùblain is bunaithe a thaobh riaghlaidh a' dol air adhart mu lìbhrigeadh thoraidhean far a bheil teannachadh a thaobh ionmhais:

- Toirt gu buil lìbhrigeadh dleastanasan reachdail Coimisean na Croitearachd nam b' e gun rachadh an maoineachadh ann an èiginn bho Riaghaltas na h-Alba a tharraing air ais no a lùghdachadh.
- Leantainn air adhart a' leasachadh an t-Siostaim ùir mu Phiosrachadh Chroitean gus èifeachdalachd làimhseachadh chûisean riaghlaidh a dhèanamh nas fheàrr.
- Dèanamh cinnteach gun cuir an sgeama clàraighean air chomas do luchd-obrach Coimisean na Croitearachd obrachadh ann an dòigh èifeachdach.
- Leasachadh leanmhainneach air fiosrachadh mu rianachd air dèanadas, le comharraidhean dùbhlach mu dhèanadas.
- Co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba mu leasachadh ro-innleachd làidir a thaobh còir-sealbhachd do Bhuill a' Bhùird, an dà chuid buill air an taghadh agus an fheadhainn a chuireas am Ministeir an dreuchd.
- Buill a' Bhùird a' cumail orra a' sealltainn air tàbhachdan Coimisean na Croitearachd ri linn iomairt an taghaidh.
- Gun toir Riaghaltas na h-Alba goireasan is dealbhachadh gu leòr gus frèam làidir a chruthachadh gus modh-taghaidh soirbheachail a chur air dòigh.
- Rianachd air droch shanasachd mu Choimiseanairean agus mun Bhòrd anns an fharsaingeachd.

# Aithisg mu thuarastalan agus aithisg mu luchd-obrach

## Gun sgrùdadh

### Poileasaidh a thaobh pàighidh

#### Buill a' Bhùird

Tha Bòrd Coimisean na Croitearachd air a dhèanamh suas le suas gu naoinear Choimiseanairean Tha pàigheadh nan Coimiseanairean ga cheadachadh le Ministearan na h-Alba agus air obrachadh a-mach a rèir "Poileasaidh mu Phàigheadh san Roinn Phoblaich ann an Dreuchdan aig Àrd-ìre" (faicibh [www.scotland.gov.uk/publications](http://www.scotland.gov.uk/publications) airson barrachd fiosrachaidh). Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan Buill a' Bhùird an-dràsta, nas lugh a thèid a chaochladh a chur an cèill, agus tha iad ann fad 5 bliadhna a' tòiseachadh 1 Giblean 2012.

#### Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach seasmhach agus air cumhnant stèidhichte gu lèir nan luchd-obrach gam fastadh le Riaghaltas na h-Alba agus tha iad nam pàirt de phriomh aonad bargeanachaидh Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal obrachadh a-mach. Tha pàigheadh ga obrachadh a-mach le Riaghaltas na h-Alba agus, nuair a thathar a' cur poileasaidh còmhla, thathar mothachail air an fheum gum bi pàigheadh air a chur aig ìre a nì cinnteach gun tèid luchd-obrach

a tharraing, a chumail agus a bhrosnachadh. Thathar cuideachd mothachail air poileasaidhean an Riaghaltas mun t-Seirbheis Phoblaich agus mu phàigheadh san roinn phoblaich agus am feum a tha ann smachd a chumail air caiteachas poblach.

#### Cunnraighean sheirbheisean

Fo Achd Ath-leasachadh Bun-reachdail agus Riaghlaidh 2010, feumaidh dreuchdan san t-Seirbheis Chatharra a bhith a thaobh airidheachd, ann am farpais a tha sgailte agus a rèir Cothrom na Fèinne. Tha na prionnsapalan mu tharraing luchd-obrach a dh'fhoillsicheas Coimisean na Seirbheise Catharra a' sònrrachadh nan suidheachaidhean nuair a ghabhas dreuchdan a thoirt air dòigh eile.

Tha a' chuid as motha de na h-oifigearan air a bheilear a-mach anns an aithisg seo ann an dreuchdan fosgailte. Nan rachadh an toirt gu crìch gu tràth, seach airson mì-ghiùlain, gheibheadh an neach dioghladh mar a thathar a' leagail sìos ann an Sgeama Dioghlaidh na Seirbheise Catharra.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu obair Coimisean na Seirbheise Catharra aig [www.civilservicecommission.org.uk](http://www.civilservicecommission.org.uk).

## Air a Sgrùdadh

### Pàigheadh a' Bhùird

#### Bha Coimiseanairean airidh air pàigheadh mar a leanas:

	2015-16 £000	2014-15 £000
<b>Coimiseanairean ann an dreuchd 31 Màrt 2016</b>		
Cailean Ceannadach (Neach-gairm) bho 24 Ògmhios 2015	20-25	10-15
Siùsaidh Nic an Fhùcadair (Neach-gairm) gu 8 Cèitean 2015	0-5	20-25
(Co-ionann làn-bhliadhna Neach-gairm)	(20-25)	
Iain Seòras MacDhòmhnaill	10-15	10-15
Caitlin Nic na Ceàrdaich	10-15	10-15
Murchadh MacIlnnein	10-15	10-15
Uilleam Swann	10-15	10-15
Marina Dennis	10-15	10-15
Dàibhidh Caimbeul	10-15	5-10
Arnie Pirie	5-10	0-5
(Co-ionann làn-bhliadhna Coimiseineir)	(10-15)	(10-15)

Chan eil peinnsean an lùib pàigheadh Choimiseanairean agus cha deach sochairean neo-ìocail sam bith a phàigheadh.

#### Pàigheadh oifigearan aig àrd-ìre

Tha an roinn a leanas a' toirt fios mu phàigheadh is mu chom-pàirtean peinnsein nan oifigearan aig an ìre as àirde aig Coimisean na Croitearachd:

	Tuarastal		Sochairean peinnsein (faicibh not 1 gu h-ìseal)		Iomlan	
	2015-16 £000	2014-15 £000	2015-16 £000	2014-15 £000	2015-16 £000	2014-15 £000
<b>Ceannard</b>						
Catriona Niclleathain	65-70	60-65	39	30	100-105	90-95
<b>Senior Management Team</b>						
Dàibhidh MacPhionnlaidh	55-60	5-10	22	0	75-80	5-10
Co-ionann làn-bhliadhna		50-55		0		50-55
Donna Nic a' Ghobhainn	45-50	40-45	0	0	45-50	40-45
Sìne NicThòmais	40-45	40-45	13	13	55-60	50-55
Eòsaph MaclleChiar	35-40	35-40	25	20	60-65	55-60
Iain Toal	40-45	35-40	23	17	60-65	50-55

## Sochairean Peinnsein

	Peinnsean air a thàrmachadh aig aois a' pheinnsein 31/03/16 agus suim na cnap na lùib £000 Peinnsean	Àrdachadh ann am firinn air peinnsean agus suim na cnap na lùib aig aois a' pheinnsein £000 Peinnsean	CETV aig 31/03/16 £000	CETV aig 31/03/15 £000	Àrdachadh ann am firinn air CETV aig a phàigheadh le fastaidhear £000		
<b>Ceannard</b>							
Catriona NicIleathain	20-25	65-70	0-2.5	5-7.5	439	374	33

## Sgioba-stiùiridh

Dàibhidh MacFhionnlaidh	0-5	0-0	0-2.5	0-0	11	2	7
Sìne NicThòmais	5-10	0-0	0-2.5	0-0	179	154	12
Iain Toal	5-10	25-30	0-2.5	2.5-5	199	165	21
Eòsaph MacIleChiar	10-15	35-40	0-2.5	2.5-5	260	219	22
Donna Nic a' Ghobhainn	Peinnsean com-pàirteachais. Cuibhreann fastaidheir airson na bliadhna 5-10						

## Tuarastal

Tha tuarastal a' gabhail a-steach an tuarastail gu h-iomlan, àm a bharrachd agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ire dham bheil e fo chisean RA. Tha an aithisg seo stèidhichte air pàigheadh a chaidh a dhèanamh sa bhliadhna le Coimisean na Croitearachd.

## Sochairean neo-ìocail

Cha robh sochairean neo-ìocail sam bith ann an 2015-16 (2014-15: Neoni).

## Bònasan

Cha robh bònasan sam bith in kind ann an 2015-16 (2014-15: Neoni).

Not 1: tha luach nan sochairean peinnsein air an tàrmachadh anns a' bhliadhna ga mhìneachadh mar (an t-àrdachadh ann am firinn air peinnsean air iomadachadh le 20) agus (an t-àrdachadh ann am firinn air suim sam bith na cnap) le (na cuibhreannan a nì duine) air an toirt air falbh. Chan eil àrdachadh ri linn ataireachd no àrdachadh sam bith ri linn

cur a-null còraichean peinnsein mar phàirt den àrdachadh ann am firinn.

## Nochdadh mu Phàigheadh Ceart

Feumaidh buidhnean a' toirt aithisgean an càirdeas eadar pàigheadh an neach-obrach as àirde pàigheadh anns an eagrachadh aca agus am pàigheadh mar mheadhan aig luchd-obrach an eagrachaidh a nochdad.

B' e am pàigheadh bannaichte aig an neach-obrach as àirde pàigheadh ann an Coimisean na Croitearachd ann am bliadhna-ionmhais 2015-16 £65k-£70k (2014/15 £60-65k). Bha seo aig ire 2.8 turas (2014/15 2.4) na b' àirde na am pàigheadh mar mheadhan aig an luchd-obrach a bha aig £24,146 (2014/15 £25,799).

Ann an 2015-16 cha d'fhuair neach-obrach sam bith (2014/15 Neoni) pàigheadh na b' àirde an Ceannard. Bha pàigheadh eadar £16,842 gu £55,928 (2014/15 £16,035 gu £53,918).

## Gun sgrùdadh

Tha fiosrachadh a tha ga nochdadhe sna clàran mu thuarastal is mu pheinnseanan gu h-àrd air a bhith air a sgrùdadh le Sgrùdadh Alba. Chaidh na h-earrannan eile den Aithisg mu Thuarastal ath-bhreithneachadh le Sgrùdadh Alba gus a dhèanamh cinnteach gun robh iad air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhais.

### **Peinnseanan na Seirbheise Catharra**

Tha sochairean peinnsein gan toirt seachad tro ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra. Bho 1 Giblean 2015 chaidh sgeama ùra pheinnseanan do sheirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama Peinnseanan Sheirbheisich Catharra is Eile (alpha), a bheir seachad sochairean mar chuibheas ann an dreuchd le aois àbhaisteach a' pheinnsein aig an aon ìre ri Aois Peinnsean na Stàite (no 65 ma tha e nas àird). Bhon cheann-latha sin chaidh a h-uile seirbheisich chatharra ùr agus a' chuid as moth a bha ann an seirbheis mar-thà san sgeama. Ron cheann-latha sin, ghabh seirbheisich chatharra pàirt ann an Sgeama Prìomh Pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Bha ceithir earrannan san sgeama: a trì a' toirt seachad shochairean a rèir an tuarastail mu dheireadh (clasaigeach, prìomhach agus còrr is clasaigeach) le peinnsean àbhaisteach aig aois 60; agus a h-aon a' toirt seachad shochairean a rèir na dreuchd gu lèir (nuvos) le aois a' pheinnsein aig 65 mar as àbhaist.

Tha na h-ullachaidhean reachdail seo gun mhaoineachadh le cosgaisean nan sochairean bho airgead a thaghlas a' Phàrlamaid gach bliadhna. Tha peinnseanan a tha rim àraigheadh fo clasaigeach, fo phriomhach, fo chòrr is clasaigeach, nuvos agus alpha gan àrdachadh a h-uile bliadhna air an aon rèir ri reachdas mu Àrdachadh Peinnsean. Dh'fhan daoine a bha ann am PCSPS mar-thà a bha an taobh a-staigh 10 bliadhna bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Thèid an fheadhainn a bha eadar 10 is 13 bliadhna is 5 mìosan bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca gu alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Gheibh a h-uile neach a thèid gu alpha an sochairean PCSPS alpha an tasgadh, leis an fheadhainn le sochairean nas tràithe ann an aon de na h-earrannan tuarastail mu dheireadh de

PCSPS a' faighinn nam buannachdan sin stèidhichte air an tuarastal mu dheireadh aca nuair a dh'fhàgas iad alpha. (Tha na figearan peinnsein air an toirt airson oifigearan a' nochdadhe a' pheinnsein a fhuaireadh ann am PCSPS no ann an alpha – mar as iomchaidh. Nuair a bhos sochairean aig oifigear ann an sgeama PCSPS is alpha le chèile, is e am figear a bheirear luach nan sochairean san dà sgeama air an cur còmhla.) Faodaidh gun tagh daoine a thèid ann bhon Dàmhair 2002 an t-ullachadh mun t-sochair iomchaidh air a mhìneachadh no peinnsean neach-pàirteachaidh 'ceannach airgid' le cuibhreann fastaidheir (cunntas peinnsein com-pàirteachais).

Tha cuibhreannan fastaidheir ceangailte ri tuarastal agus iad aig ìre 3% agus 8.05% de chosnadhe airson peinnsein de dhaoine ann an clasaigeach (agus an fheadhainn ann an alpha a bha ann an clasaigeach gu dìreach mus deach iad ann an alpha) agus eadar 4.6% is 8.05% do dhaoine le clasaigeach, còrr is clasaigeach, nuvos agus a h-uile duine eile ann an alpha. Bidh sochairean ann an clasaigeach a' tàrmachadh aig ìre 1/80 de chosnadhe mu dheireadh airson peinnsein do gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha suim na cnap a tha co-ionann ri trì bliadhna de pheinnsean an toiseach ri àraigheadh an dèidh dol air chluainidh. Airson prìomhach, bidh sochairean a' tàrmachadh aig ìre 1/60 den chosnadhe mu dheireadh airson peinnsein do gach bliadhna de sheirbheis. Seach clasaigeach, chan eil suim mar chnap automatic ann. Tha còrr is clasaigeach an ìre mhath na mheasgachadh le sochairean do sheirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach ann am farsaingeachd mar a tha clasaigeach agus sochairean do sheirbheis air an obrachadh a-mach mar a tha iad ann am prìomhach. Ann an nuvos, bidh duine a' cur ri peinnsean stèidhichte air a c(h)osnadhe airson peinnsein ri linn àm ballrachd an sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt), tha cunntas peinnsein choisinnt a' bhuill a' faighinn 2.3% den chosnadhe airson peinnsein aca sa bhliadhna sin den sgeama agus tha am peinnsean air a thàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais air àrdachadh peinnsein. Bidh sochairean ann an alpha a' fàs ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns gach sudheachadh, faodaidh gun cuir daoine romhpa am peinnsean a thoirt suas agus

suim na cnap fhaotainn chun nan crìochan a leag Achd an Ionmhais 2004.

Tha cunntas peinnsein com-pàirteachais na ullachadh peinnsein do luchd-pàirteachaidh. Nì am fastaidhear cuibhreann bunaiteach eadar 3% is 12.5% gu 30 Sultain 2015 agus 8% is 14.75% bho 1 Dàmhair 2015 (a rèir aois a' bhuill) ann am bathar peinnsein luchd-pàirteachaidh a thaghlas am ball bho phannal sholaraichean. Cha leig an neach-obrach leas cur ris, ach nuair a chuireas iad, bheir am fastaidhear an aon rud seachad gu ìre 3% den tuarastal airson peinnsein (a bharrachd air cuibhreann bunaiteach an fhastaidheir). Bidh fastaidhearan cuideachd a' cur 0.8% a bharrachd de thuarastal airson peinnsein bho 1 Dàmhair 2015 gus cosgais àrachas sochairean gàbhaidh air a phàigheadh gu meadhanach a chòmhdach (bàs ann an seirbheis agus leigeil dreuchd seachad air sàilleabh droch shlàinte).

Is e am peinnsean air a thàrmachadh a thathar a' toirt am peinnsean air a bheil am ball airidh nuair a ruigeas iad aois a' pheinnsein, no gu dìreach nuair a sguireas iad a bhith nam ball den sgeama ma tha iad aig aois a' pheinnsein no nas sine mar-thà. Is e 60 aois a' pheinnsein do bhuill clasaigeach, còrr is clasaigeach agus prìomhach, 65 do bhuill nuvos agus 65 Aois Peinnsean na Stàite do bhuill alpha. (Tha na figearan peinnsein a bheirear airson oifigearan a' nochdad a' pheinnsein a chaith a chosnadhlann am PCSPS no alpha – mar a tha ionchaidh. Nuair a tha sochairean aig an oifigear anns am PCSPS is ann an alpha le cheile, is e an àireamh a bheirear luchd nan sochairean san dà sgeama còmhla ach thoiribh fa-near gur dòcha gum biodh pàirtean den pheinnsean sin rim pàigheadh aig aois seach aois.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra air an làrach-lìn [www.civilservicepensionscheme.org.uk](http://www.civilservicepensionscheme.org.uk)

### **Luachan Cur A-null Co-ionannachd Airgid**

Is e a tha ann an Luach Cur A-null Co-ionannachd Airgid (CETV) an luach calpa air a sgrùdadh air sochairean ann an sgeama peinnsein a choisinn ball aig àm sònraichte. Is iad na sochairean a tha air an luachadh sochairean a' bhuill air an tàrmachadh

agus peinnsean sam bith aig cèile ceangailte a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Is e a tha ann an CETV pàigheadh a nithear le sgeama peinnsein no ullachadh nuair a dh'fhàgas ball sgeama no a chuireas e roimhe na sochairean air an tàrmachadh san sgeama roimhe a chur a-null. Buinidh na figearan peinnsein a tha a' nochdad na sochairean a fhuair ball mar thoradh air ballrachd iomlan ann an sgeama peinnsein, chan e dìreach an t-seirbheis aca ann an dreuchd aig àrd-ìre dham buin an nochdad.

Am measg nam figearan tha luach sochair peinnsein sam bith ann an sgeama eile no ann an ullachadh a chuir am ball a-null gu ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra. Nam measg cuideachd tha sochair peinnsein sam bith a bharrachd a fhuair am ball seach gun do cheannaich e sochairean peinnsein a bharrachd air a chosgais fhèin. Tha CETVan gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean Peinnsein Obrach (Luachan Cur A-null) (Atharrachadh) 2008 agus chan eil iad mothachail air lùghdachadh sam bith ann am firinn no san ùine air thoisearch air sochairean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'haodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thèid na sochairean peinnsein a ghabhail.

### **Àrdachadh ann am firinn air CETV**

Tha seo a' sealltainn an àrdachaidh air CETV a tha ga mhaoineachadh leis an fhastaidhear. Chan eil e a' gabhail a-steach an àrdachaidh air peinnsean air a thàrmachadh ri linn ataireachd, cuibhreannan a phàigheas an neach-obrach (luach sochairean sam bith a chuireadh a-null bho sgeama no ullachadh peinnsein eile nam measg) agus bidh e a' cleachdad a chomharraighean àbhaisteach a thaobh luach sa mhargadh aig toiseach is deireadh na h-ùine.

## Air a Sgrùdadh

### Aithisg Luchd-obrach

#### Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach seasmhach £000	Buill a' Bhùird £000	Eile £000	Iomlan 2015-16 £000	Iomlan 2014-15 £000
Tuarastalan	1,254	100	-	1,354	1,342
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	93	5	-	98	86
Cosgaisean peinnsein eile	263	-	12*	275	223
Luchd-obrach sealach	-	-	308	308	335
Iomlan	1,610	105	320	2,035	1,986

Cha robh ullachaidhean sam bith mu phàigheadh far an rola don luchd-obrach ann an 2015-16. Air an cumail a-mach bho thuarastalan luchd-obrach an dà chuid seasmhach is sealach tha suimeannan £52,741 is £47,040 mu seach a chaidh mar chalpa seach gun do bhuin iad ri ùine a chaidh a chosg air bathar-bog air an taobh a-staigh a leasachadh.

	2015-16 £000	2014-15 £000
* Peinnsean a phàigheadh do Choimiseanairean roimhe fo "chosgaisean peinnsein eile"	12	12

#### Àireamh dhaoine air am fastadh mar chuibheas

	Luchd-obrach air am fastadh gu seasmhach	Eile	2015-16 £000	2014-15 £000
			Iomlan	Iomlan
Air am fastadh gu dìreach	47.33		1,610	1,532
Eile		8.3	308	335
Luchd-obrach an sàs ann am pròiseactan calpach	1.38	0.42	100	37
Iomlan	48.71	8.72	2,018	1,904

#### Fios mu Ghnè

	Fireann 31 Màrt 2016	Boireann 31 Màrt 2016	Fireann 31 Màrt 2015	Boireann 31 Màrt 2015
Coimiseanairean	6	2	6	3
Ceannard*		1		1
Luchd-obrach	17	44	20	34

\* Ball den luchd-obrach aig àrd-ire san t-seirbheis chatharra no co-ionann rithe

Chan eil àireamhan fastaidh a' gabhail a-steach luchd-obrach salach

Is iad na figearan gu h-àrd mar àireamh iomlan an luchd-obrach (buidhnean-gníomha nam measg) seach co-ionannachd làn-ùine

## Às an Làthair le Tinneas

B' e an ìre às an làthair le tinneas fad na bliadhna gu 31 Màrt 2016 461 latha (2014-15 – 613 latha), mar 4.1% (2014-15: 7.8%) de dh'aireamh iomlan nan làithean a bha rim faotainn. Tha seo co-ionann ri àireamh chuibheasach tinneas làithean do gach ball den luchd-obrach de 9.3 latha (2014-15: 13.2 latha).

## Poileasaidhean Co-ionannachd Chothroman is Eugsamhlachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba air co-ionannachd chothroman is eugsamhlachd. Tha am poileasaidh mu cho-ionannachd chothroman ag ràdh gum bu chòir gum faigheadh an luchd-obrach an aon làimhseachadh, chan eil e gu diofar dè a' ghnè, an inbhe a thaobh pòsaidh, an aois, an cinneadh, an claoindh a thaobh gnè, an ciorram, an creideamh, am pàtrán obrach, inbhe a thaobh fastaidh, aithneachadh gnè, cùram no ballrachd aonaidh-chiùird a bhiodh aca. Air an aon rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean na Croitearachd cur ri eugsamhlachd an luchd-obrach anns an eagrachadh. Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltann an luchd-obrach air fad a leasachadh agus a' cur luach gu deimhinneach air farsaingeachd sheallaidhean is eòlais a bheir a h-uile neach dhan obair againn. Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd na dleastanasan aige a libhrigeadh ann am modh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman, aig a bheil e mar amas cur às do lethbhreith agus do ghiùlan eile air an cuir reachdas mu cho-ionannachd toirmeasg.

## Nochdadh mu Chunntalachd Phàrlamaideach

### Call agus pàighidhean sònraichte

Cha deach call no pàighidhean sònraichte a dhèanamh sa bhliadhna 2015-16 (2014-15: Neoni).

### Tìodhlacan is Tabhartasan Carthannach


Cha deach call no pàighidhean sònraichte a dhèanamh sa bhliadhna 2015-16 (2014-15: Neoni).

### Fiachanas Tuiteamach air Astar

Aig 31 Màrt 2016 cha robh fiachanas tuiteamach air astar ri iomradh.

### Faraidhean is Cìsean

Cha deach faraidhean no cisean a dhèanamh sa bhliadhna 2015-16 (2014-15: Neoni).



CATRIONA NICILLEATHAIN  
Ceannard is Oifigear Cunntachail  
Ceann-latha 17 Lùnastal 2016

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg luchd-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Coimisean na Croitearachd, do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba

Tha mi air aithrisean ionmhais Coimisean na Croitearachd airson na bliadhna a thàinig gu crich 31 Màrt 2016 fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a chaithd atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 a sgrùdad. Tha na h-aithrisean ionmhais air an dèanamh suas leis an Aithris air Caiteachas Glan Coileanta, an Aithris air Suidheachadh Ionmhais, an Aithris air Sruthan-airgid, an Aithris air Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse agus leis na notaichean nan cois. Is e am frèam mu aithisg ionmhais a chaithd a chleachdad gus an ullachadh an lagh iomchaidh agus Inbhean Aithisgean Ionmhais (IFRan) eadar-nàiseanta ris an do ghabh Aonadh na h-Eòrpa, agus mar a thuigear is a ghabhar le Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais (FreM 2015/16).

Tha an aithisg seo ga toirt dìreach do na pàrtaidhean dham buin e a rèir Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntalachd (Alba) 2000 agus chan ann air adhbhar sam bith eile. Ann an co-rèir ri paragraf 125 den Chòd mu Chleachdad Sgrùdaidh a cheadaich Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil mi a' gabhail os làimh gum bi uallachaidhean orm do bhuill no do dh'oifigean, fa leth, no do threas pàrtaidhean.

## **Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail agus an neach-sgrùdaidh mu seach**

Mar a mhìnichlear nas mionaidiche anns an Aithris mu Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail, tha e an urra ris an Oifigear Chunntachail aithrisean ionmhais ullachadh agus a bhith air a riarrachadh gun toir iad cunntas ceart is fìor, agus tha uallach air cuideachd dèanamh cinnteach gum bi riaghailteachd caiteachais agus teachd-asteach ann. Is e an t-uallach a tha orm aithrisean ionmhais a sgrùdad agus beachd a nochdad orra a rèir an lagha iomchaidh agus nan Inbhean eadar-nàiseanta

mu Sgrùdad (RA is Èirinn) mar a dh'fheumar fon Chòd mu Chleachdad Sgrùdaidh a cheadaich Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Fo na h-inbhean sin, feumaidh mi gèilleadh do Inbhean Beusach do Luchd-sgrùdaidh aig Bòrd nan Cleachdaidhean Sgrùdaidh. Tha e an urra rium cuideachd beachd a nochdad mu riaghailteachd caiteachais is teachda-steach ann an co-rèir ri Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntalachd (Alba) 2000.

## **Farsaingeachd an sgrùdaidh air na h-aithrisean ionmhais**

Ann an sgrùdad thathar a' faighinn fianais mu shuimeannan is nochdad sna h-aithrisean ionmhais gus dearbhadh reusanta a thoirt gu bheil na h-aithrisean ionmhais saor bho mhì-aithris stuthail, biodh sin le feall no le mearachd. Tha seo a' toirt leis measadh air: a bheil na poileasaidhean cunntasachd iomchaidh do shuidheachadh na buidhne agus air a bhith air an cur an sàs gu seasmhach agus air an nochdad gu leòr; cho reusanta agus a tha na measaidhean cunntasachd a rinn an t-Oifigeir Chunntachail; agus nochdad nan aithrisean ionmhais anns an fharsaingeachd. Cuideachd feumar fianais faighinn mu riaghailteachd caiteachais is teachd-a-steach. A bharrachd air sin, bidh mi a' leughadh an phiosrachaидh air fad mu ionmhais agus eile san aithisg agus sna cunntasan bliadhna gus stuth a chomharrachadh nach eil a rèir nan aithrisean ionmhais air an sgrùdad agus gus fiosrachadh sam bith a tha ceàrr a rèir choltais, stèidhichte no gun a bhith air an aon rèir ris an phiosrachadh a fhuair mi ri linn dhomh a bhith a' dèanamh an sgrùdaidh a chomharrachadh. Ma dh'fhàsas mi mothachail air mì-aithris sam bith a rèir choltais, no mì-riaghailteachd sam bith, bidh mi a' gabhail beachd air a' bhuaidh san aithisg agam.

## **Beachd air na h-aithrisean ionmhais**

Na mo bheachd tha na h-aithrisean ionmhais:

- a' tort seallaidh a tha fior is ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaидh a rinneadh fodhpà sin le Ministearan na h-Alba mu shuidheachadh na buidhne aig 31 Màrt 2016 agus mun chaiteachas glan aige airson na bliadhna a thàinig gu crìch an uair sin;
- air an ullachadh gu ceart a rèir nan IFRSan ris an do ghabh Aonadh na h-Eòrpa, mar a chaidh am mìneachadh is an atharrachadh le FreM 2015/16; agus
- air an ullachadh a rèir feumalachdan Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaидh a rinneadh fodhpà sin le Ministearan na h-Alba.

## **Beachd mu riaghailteachd**

Na mo bheachd a' sealltann air gach adhbharach chaidh an caiteachas agus an teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhais a chosg no a chur an sàs a rèir achdan iomchaidh sam bith agus an treòrachaидh a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

## **Beachd air ceistean eile air an òrdanachadh**

Na mo bheachd:

- chaidh an earrann den Aithisg air Pàigheadh is Luchd-obrach ullachadh gu ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaидh a rinneadh fodhpà sin le Ministearan na h-Alba; agus
- tha am fiosrachadh san Aithisg air dèanadas airson na bliadhna ionmhais dham bheil na h-aithrisean ionmhais gan ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhais.

## **Cùisean air an fheum mi aithisg a thoirt**

Feumaidh mi aithisg a thoirt dhuibh mas e, na mo bheachd:

- nach deach clàran cunntasachd math gu leòr a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhais agus an earrann den aithisg air Pàigheadh is Luchd-obrach rin sgrùdadhbh air an aon ràmh ris na clàran cunntasachd; no
- nach d'fhuair mi am fiosrachadh is am mìneachadh a bhios a dhìth orm airson an sgrùdaidh agam; no
- nach eil an Aithris mu Riaghladh a' gèilleadh don stiùireadh bho Mhiniestaran na h-Alba.

Chan eil càil agam ri ainmeachadh mu na cùisean seo.

Asif A Haseeb

Audit Scotland

8 Ionad Nelson Mandela

Glaschu

G2 1BT

17 Lùnastal 2016

# Aithrisean Ionmhais 2015-16

## Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta

airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2016


	Nòta	2016 £000	2015 £000
Teachd-a-steach obrachaидh eile	2	(371)	(183)
Teachd-a-steach obrachaидh iomlan		(371)	(183)
Cosgaisean luchd-obrach	Aithisg Luchd-obrach duilleag 46	2,035	1,986
Lughdachadh agus Caitheamh	3,4,5	75	102
Cosgais ullachaidhean	3, 9	0	16
Caiteachas obrachaидh eile	3	649	760
Caiteachas obrachaидh eile		2,759	2,864
Caiteachas obrachaидh glan		2,388	2,681

Tha na notaichean air duilleagan 54 gu 60 mar phàirt de na cunntasan seo

## Aithris air Suidheachadh Ionmhasail

aig 31 Màrt 2016

	Nòta	2016 £000	2015 £000
<b>Maoin neo-ruithe:</b>			
Uidheam Teicneòlais Fhiosrachaидh	4	42	67
Maoin dho-bheantainneach (Bathar-bog)	5	168	97
<b>Maoin neo-ruithe iomlan</b>		<b>210</b>	<b>164</b>
<b>Maoin ruithe</b>			
Malairt agus nithean eile a fhuaireadh	6	34	39
Airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh	7	100	81
<b>Maoin ruithe iomlan</b>		<b>134</b>	<b>120</b>
<b>Maoin iomlan</b>		<b>344</b>	<b>284</b>
<b>Fiachanas ruithe</b>			
Malairt agus nithean eile rim páigheadh	8	86	182
Fiachanas eile	8	79	75
Ullachaidhean	9	16	16
<b>Fiachanas ruithe iomlan</b>		<b>181</b>	<b>273</b>
<b>Maoin iomlan le fiachanas ruithe air a thoirt air falbh</b>		<b>163</b>	<b>11</b>
<b>Maoin iomlan le fiachanas iomlan air a thoirt air falbh</b>		<b>163</b>	<b>11</b>
<b>Cothromas luchd-pàighidh cise</b>			
Maoin choitcheann		163	11



CATRIONA NICILLEATHAIN  
Ceannard is Oifigear Cunntachail  
Ceann-latha 17 Lùnastal 2016

Thug an t-Oifigear Cunntachail ùghdarris gun rachadh na h-aithrisean ionmhais seo a sgaoileadh air 17 Lùnastal 2016

Tha na notaichean air duilleagan 54 gu 60 mar phàirt de na cunntasan seo

## Aithris air Sruthan-airgid

airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2016

	Nòta	2016 £000	2015 £000
<b>Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan obrachaidh</b>			
Caiteachas obrachaidh iomlan		(2,388)	(2,681)
<hr/>			
Atharrachadh airson thar-ghnìomhan neo-airgid			
Ìsleachadh agus Lùghdachadh	3,4,5	75	102
<hr/>			
Gluasad an ann an calpa obrachaidh			
(Àrdachadh)/ìsleachadh air malairt is nithean eile a fhuaireadh	6	5	26
Àrdachadh/(ìsleachadh) air malairt agus nithean eile rim pàigheadh is ullachaidhean	8,9	(92)	98
<b>Sruth-airgid a-mach gu glan bho ghnìomhachdan obrachaidh</b>		<b>(2,400)</b>	<b>(2,455)</b>
<hr/>			
<b>Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan tasgaidh</b>			
Ceannach goireasan teicneòlais fhiorsrachaidh	4	(14)	(7)
Ceannach maoine do-bheantainneach	5	(107)	(62)
<b>Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan tasgaidh</b>		<b>(121)</b>	<b>(69)</b>
<hr/>			
<b>Sruthan-airgid gu h-iomlan</b>		(2,521)	(2,524)
<hr/>			
<b>Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan maoineachaidh</b>			
Tabhartas gus Cuideachadh		2,540	2,547
<hr/>			
<b>Àrdachadh/(ìsleachadh) air airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh</b>			
	<b>19</b>	<b>23</b>	
Airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh aig toiseach na h-ùine	81	58	
Airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh aig deireadh na h-ùine	100	81	

Tha na notaichean air duilleagan 54 gu 60 mar phàirt de na cunntasan seo

# Aithris mu Atharrachadh air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse

airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2016

	£000
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2015</b>	<b>11</b>
Tabhartas gus Cuideachadh	2,540
	2,551
Caiteachas glan coileanta airson na bliadhna	(2,388)
<b>Cothromachadh aig 31 Màrt 2016</b>	<b>163</b>
<b>Cothromachadh aig 1 Giblean 2014</b>	<b>145</b>
Tabhartas gus Cuideachadh	2,547
Caiteachas aithnichte iomlan airson 2014-15	<b>2,692</b>
Caiteachas glan coileanta airson na bliadhna	(2,681)
<b>Cothromachadh aig 31 Màrt 2015</b>	<b>11</b>

Tha na notaichean air duilleagan 54 gu 60 mar phàirt de na cunntasan seo

# Notaichean an cois nan Cunntasan

## 1. Aithris mu phoileasaidhean cunntasachd

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais (FReM) a chuir Roinn an Ionmhais agus Seòladh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach. Tha na cleachdaidhean cunntasachd san Leabhar-làimhe a' cur Inbhean eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhais (IFRSan) mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh don roinn phoblaich an sàs.

Nuair a tha an Leabhar-làimhe a' leigeil le roghainn a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar air am poileasaidh a b' fheàrr nar beachd mar am fear as fhreagarraiche do shuidheachadh sònraichte Coimisean na Croitearachd gus sealladh a tha fior is ceart a thoirt a thaghadh.

Chaidh na h-aithrisean ionmhais anns an aithisg seo ullachadh mar ghnothach a' dol air adhart oir tha an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil gu leòr ghoireasan aig Coimisean na Croitearachd gus cumail air ag obrachadh ùine fhathast.

Tha na poileasaidhean sònraichte a ghabh Coimisean na Croitearachd gam mìneachadh gu h-ìseal. Thathar air an cur an sàs gu seasmhach ann a bhith a' dèlligeadh ri nithean a bhuineas ris na cunntasan nar beachd.

### 1.1 Gnàths cunntasachd

Chaidh na cunntasan seo ullachadh fo ghnàths nan cosgaisean eachdraidheil air an atharrachadh gus cunntas a thoirt air an ath-luachadh air uidheam is maoin dho-bheantainneach mar stuth aig an luach don eagrachadh le bhith a' toirt tarraing air a' chosgais a tha orra an-dràsta.

### 1.2 Uidheam

Tha uidheam a' ciallachadh mìrean de bhathar-cruaidh teicneòlais fhiosrachaидh le cosgais os cionn £5,000. Nuair a chosgas mìrean fa leth nas lugha na £5,000, ach a bhios an seòrsa maoine mar iomlan a' cosg barrachd na £5,000, tha iad a' dol mar chalpa. Gu sònraichte, buinidh seo ri ceannach choimpiutairean agus bathar-bog nan cois, a dh'ìslicheas thar am

beatha, a thathar ga meas mar 3 bliadhna.

Tha maoin TF ga giùlan aig luach ceart. Thathar air cosgais eachdraidheil air a lùghdachadh a chleachdadhe mar ionannachd ri luach ceart airson uidheam TF bho nach eil e practaigeach luach fhaighinn seach gu bheil luach ìseal air an t-seòrsa seo maoine.

### 1.3 Maoin dho-bheantainneach

Ann am maoin dho-bheantainneach tha cead batharbog a cheannaicheadh agus bathar-bog a chaidh a leasachadh air an taobh a-staigh, aig a bheil le chèile ìre calpa de £5,000. Nuair a chruthaich calpachadh air an taobh a-staigh maoin dho-bheantainneach bhatharbog, chan eilear ach air cosgaisean dìreach, cosgaisean luchd-obrach is cosgaisean ceangailte ri luchd-obrach nam measg, a chur a-steach nuair a thathar den bheachd gun cruthaich a' mhaoin buannachd eaonamach a bharrachd ri tide mar chaomhnadh no leasachaidhean air modhan air an taobh a-staigh. Tha luach ga thoirt air maoin dho-bheantainneach aig cosgais a thathar a' cleachdadhe mar ionannachd ri luach ceart.

Nuair a tha mìrean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000, ach a tha an seòrsa maoine mar iomlan a' cosg barrachd is £5,000 tha iad a' dol mar chalpa.

Poileasaidh mu Lùghdachadh:

Bathar-bog air a leasachadh air an taobh a-staigh 7 bliadhna

Cead siostam obrachaiddh choitchinn no do phrògraman ghoireasan 3 bliadhna.

### 1.4 Cìs Luach a Bharrachd

Tha VAT nach fhaighear air ais ga chur ris na cosgaisean buntainneach agus ga chur mar chìs ris an Aithris air Caiteachas Glan Coileanta san ùine san do dh'ëirich e.

### 1.5 Buannachdan Luchd-obrach

Buannachdan Luchd-obrach anns an Ùine Ghoirid Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithnicheadh anns a' bhliadhna sam faighear an t-seirbheis bho luchd-obrach. Aithnichear na chosgas làithean-saora bliadhna agus an airidheachd a gheibhear le bhith ag obair uairean sùbailte a thathar a' cosnadh gun a bhith gan gabhail le luchd-obrach aig

deireadh na bliadhna chun na h-ire gu bheil cead aig luchd-obrach fòrladh a thoirt air adhart a-steach don bhliadhna an dèidh làimhe.

### Cosgaisean Pheinnseanan

Tha luchd-obrach uile Coimisean na Croitearachd gam fastadh le Riaghaltas na h-Alba an-dràsta. Tha cosgaisean thuarastalan is pheinnseanan gam pàigheadh gu dìreach le Riaghaltas na h-Alba. Buinidh na cosgaisean seo a tha gan ainmeachadh ann an cunntasan Coimisean na Croitearachd ris an ùine sam faigh e buannachd bho sheirbheisean an neach-obrach. Tha seo a' gabhail a-steach shuimeannan gan còmhach leis na h-ullachaidhean ann am priomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra, sgeama shochairean air am mìneachadh, a tha gam pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba don sgeama mar thàrmachadh. Tha fiachanas gus sochairean a phàigheadh anns an ùine air thoiseach na chìs don sgeama.

### 1.6 Na Gheibhear ann am Malairt

Tha a h-uile suim adhbharach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2016 ga toirt a-steach anns an Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta, chan eil e gu diofar cuin a fhuaireadh na pàighidhean fhèin.

### 1.7 Na tha ri Phàigheadh ann am Malairt

Tha a h-uile suim adhbharach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2016 ga toirt a-steach anns an Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta, chan eil e gu diofar cuin a fhuaireadh na pàighidhean fhèin.

### 1.8 Airgead Ullamh agus Co-ionann ri

#### Airgead Ullamh

Tha airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh mar airgead ullamh sa bhanca agus air làimh.

## 2. Teachd-a-steach eile

	2016 £000	2015 £000
Maoineachadh ann an Èiginn bho Riaghaltas na h-Alba	371	183
<b>Iomlan</b>	<b>371</b>	<b>183</b>

Chaidh teachd-a-steach eile (maoineachadh ann an èiginn) a phàigheadh do Choimisean na Croitearachd gus goireasan a bharrachd a maoineachadh agus caochladh dhreuchdan is dhleastanasan a chaidh a thoirt a-steach ann an Achd 2010 a tharraing a-mach. Nam measg seo tha £77,280 ceangailte ri dithis neach-obrach a fhuair cead Coimisean na Croitearachd fhàgail fo sgeama fàgail Riaghaltas na h-Alba. Chaidh an t-ullachadh seo a chomharrachadh ann an cunntasan bliadhnaill Coimisean na Croitearachd airson 2014-15, le pàigheadh nan lùib ga dhèanamh ann an 2015-16.

### 1.9 Tabhartas gus Cuideachadh

Tha Coimisean na Croitearachd a' faighinn Tabhartais gus Cuideachadh gus an caiteachas glan aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga chur mar chreideas ris an tasgadh choitcheann san ùine dham fuaireadh e. Tha cosgais ghlan Coimisean na Croitearachd ga chur mar chìs air a' mhaoin seo.

### 1.10 Ullachaidhean

Tha ullachadh aig Coimisean na Croitearachd airson dhleastanasan laghail no cruthachail a tha mì-chinnt mun deidhinn a thaobh ùine is suim a' nochdadh air a' cheann-latha air an duilleig-chothromachaид mar an tuairmeas as fheàrr mun chaiteachas a bhios a dhìth gus an dleastanas sin a choileanadh.

### 1.11 Fiachanas Tuiteamach

Tha fiachanas tuiteamach ga aithneachadh a thaobh: dleastanasan dh'fhaodadh èirigh às na thachair roimhe a bhios gan dearbhadh nuair a thachras rudan san àm air thoiseach air nach eil cothrom aig Coimisean na Croitearachd no dleastanasan a tha ann an-dràsta ag èirigh às na thachair roimhe a bhios a dhìth gus an dleastanas a shocrachadh air neo nach eil e comasach a thomhas gu h-earbsach.

### 1.12 Aithisg air Roinnean

Tha Coimisean na Croitearachd ag obrachadh mar aon eagrachadh agus chan eil pàirtean ann a dh'fhaodte mìneachadh mar roinnean obrachaidh a rèir IFRS 8. Mar sin dheth, chan fhaodar fiosrachadh ionmhasail is tuairisgeulach a thoirt mun aithisg.

### 3. Caiteachas obrachaidh eile

	2016 £000	2015 £000
Cosgaisean àiteachan-fuirich	198	204
Siostaman fiosrachaiddh agus cian-chonaltradh	88	125
Trèanadh	31	43
Conaltradh	71	80
Cosgaisean sanasachd riaghlich	44	31
Co-labhairt mheasadairean agus cosgaisean-siubhail	5	35
Siubhal is lòn – luchd-obrach	20	20
Siubhal is lòn – Coimiseanairean	43	35
Cìsean laghail *	12	55
Pàigheadh Neach-sgrùdaidh air an taobh a-muigh	15	15
Pàigheadh Neach-sgrùdaidh air an taobh a-staigh	9	10
Cosgaisean ruithe eile	113	123
	649	776
<u>Mirean neo-airgid</u>		
Ìsleachadh	39	48
Lùghdachadh	36	54
	724	878

\* 2015 £55k a' gabhail a-steach ullachaidhean £16k. Faicibh nota 9.

## 4. Uidheam Teicneòlais Fhiosrachaidh

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2014	199
Cur-ris	7
<b>31 Màrt 2015</b>	<b>206</b>
<b>Isleachadh</b>	
1 Giblean 2014	(91)
Air a chur mar chìs anns a' bhliadhna	(48)
<b>31 Màrt 2015</b>	<b>(139)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2014	108
31 Màrt 2015	67
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2015	206
Cur-ris	14
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>220</b>
<b>Isleachadh</b>	
1 Giblean 2015	(139)
Air a chur mar chìs anns a' bhliadhna	(39)
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>(178)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2015	67
31 Màrt 2016	42

## 5. Maoin dho-bheantainneach – Bathar-bog

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2014	677
Cur-ris	63
<b>31 Màrt 2015</b>	<b>740</b>
<b>Lùghdachadh</b>	
1 Giblean 2014	(589)
Air a chur mar chìs anns a' bhliadhna	(54)
<b>31 Màrt 2015</b>	<b>(643)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2014	89
31 Màrt 2015	97
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2015	740
Cur-ris	107
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>847</b>
<b>Lùghdachadh</b>	
1 Giblean 2015	(643)
Air a chur mar chìs anns a' bhliadhna	(36)
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>(679)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2015	97
31 Màrt 2016	168

Tha maoin dho-bheantainneach air a dèanamh suas le bathar-bog a chaidh a chleachdad gus obair Coimisean na Croitearachd a tharraing a-mach.

## 6. Na fhuaireadh bho mhalairt agus maoin ruithe eile an-dràsta

Suimeannan dligeach an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2016 £000	2015 £000
Na fhuaireadh	0	0
Ro-phàighidhean	34	39
<b>lomlan</b>	<b>34</b>	<b>39</b>

## 7. Airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh

	2016 £000	2015 £000
Cothrom aig 1 Giblean 2015	81	58
Atharrachadh glan air airgead ullamh agus air co-ionann ri airgead ullamh	19	23
<b>Cothromachadh aig 31 Màrt 2016</b>	<b>100</b>	<b>81</b>
Bha na cothromachaidhean a leanas aig 31 Mart 2016 air an cumail aig bancainchean Malairteach agus mar airgead an làimh	100	81
<b>Cothromachadh aig 31 Màrt 2016</b>	<b>100</b>	<b>81</b>

## 8. Ri phàigheadh ann am malairt agus fiachanas eile

suimeannan dligeach an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2016 £000	2015 £000
Tàrmachadh	86	182
Fiachanas eile	79	75
<b>lomlan</b>	<b>165</b>	<b>257</b>

## 9. Ullachaidhean

	2015-16 £000
Cothromachadh a' tùiseachadh 1 Giblean 2015	16
Ullachadh ùr anns a' bhliadhna	0
Caiteachas anns a' bhliadhna mar chìs an aghaidh an ullachaidh	0
<b>Cothromachadh a' crìochnachadh aig 31 Màrt 2016</b>	<b>16</b>

Tha an t-ullachadh mar chosgaisean laghail air thuairmse a bhulicheadh an aghaidh Coimisean na Croitearachd.

## 10. Fiachanas tuiteamach

Dh'haodadh na Cùirtean cosgaisean a thàinig air luchd-agairt ann an cùisean-lagha sna cùirtean a bhuleachadh an aghaidh Coimisean na Croitearachd. Tha na cosgaisean seo gam meas aig mu £26,000.

## 11. Tar-ghniomhan le pàrtaidhean ceangailte

Tha Coimisean na Croitearachd na NDPB le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' meas gu bheil na buidhnean a leanas nam pàrtaidhean ceangailte:

Bha tar-ghniomhan nach bu bheag eadar Buidheann-stiùiridh Pàighidhean is Sgrùdaidhean Dùthchail Riaghaltas na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd sa bhliadhna. Chaidh tar-ghniomhan ionmhais leis an Bhuidhinn a dhèanamh suas le Tabhartas gus Cuideachadh de £2,540,000 mar a nochdadh anns an aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse agus teachd-a-steach eile de £371,000 (nota 2, duilleag 72).

Tha Coimisean na Croitearachd ann an togalach le Dualchas Nàdar na h-Alba. Thàinig tar-ghniomhan sa bhliadhna le DNA gu £257,567.

## 12. Ionnsramaidean ionmhais

Air adhbharan obrachaidh mar as àbhaist, cha bhi cothromachaidhean sam bith mar airgead ullamh no co-ionann ri airgead ullamh gan cumail le Coimisean na Croitearachd seach an fheadhainn a bhios a dhìth gus luchd-creideis an-dràsta a phàigheadh – tuarastalan agus luchd-creideis ann am malairt. Tha maoin ionmhasail Coimisean na Croitearachd ga dèanamh suas gu dìreach le airgead ullamh sa bhanca.

Tha ùighdarris mu airgead ullamh ga thoirt le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ìre gum bi an caiteachas ga chòmhdach le ùighdaras buidseit. Chan eil Coimisean na Croitearachd ann an gàbhadh a thaobh lionntachd mar sin.



**COIMISEAN NA CROITTEARACHD  
STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA**

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri paragraf 19 de Sgeideal i ri Achd nan Croitcean (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, a' toirt an stiùiridh a leanas le seo.
2. Gèillidh aithris nan cunntasan airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2013, agus nam bliadhnaichean an dèidh sin, do na prionnsapalan mu chunntasachd agus do na feumalachdan mu nochdadh san eagran den Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean ionmhais nuair a bhios e ann an gniomh fad na bliadhna dhan tèid an aithris ionmhais ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh a thoirt a tha fior is ceart den teachd-a-steach is den chaiteachas is den t-sruthadh-airgid airson na bliadhna ionmhais agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Nochdaidh an stiùireadh seo mar leasachan ris an aithris air cunntasan.

Air a shoighneachadh le Ministearan na h-Alba

*D.C.Baines*

Ceann-latha 26/10/12